


Aithisg bhliadhnail 2006 - 2007  
Annual Report 2006 - 2007





# Clàr-innse


## Index

- 03 | **Aithris a' Chathraiche**  
Chairman's Statement
- 06 | **Ro-fhacal a' Cheannaird**  
Chief Executive's Foreword
- 09 | **Aithris Rùin**  
Mission Statement
- 12 | **Am Plana Nàiseanta**  
The National Plan for Gaelic
- 19 | **Foghlam agus Ionnsachadh**  
Education and Learning
- 25 | **Planadh Cànan**  
Language Planning
- 28 | **Leasachadh**  
Development
- 34 | **Liosta Luchd-obrach Giblean 2006-Màrt 2007**  
Staff List April 2006 - March 2007
- 35 | **Buill a' Bhùird Giblean 2006-Màrt 2007**  
Board Members April 2006-March 2007
- 36 | **Cunntasan**  
Accounts
- 90 | **Tabhartasan Aontaichte**  
Grants Approved



Bòrd na Gàidhlig,  
Darach, Fèith nan Clach,  
Inbhir Nis IV2 7PA

Fòn: 01463 225454  
[www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk)



'S ann bhon phròiseact An Dealbh Mòr a tha na dealbhan a tha a' nochdadh air feadh na h-aithisg seo, pròiseact ealain lèirsinneach agus cleasachd ann an Gàidhlig agus Beurla air a ruith le clann bho Bhun-sgoil agus Sgoil-àraich Shlèite, cuide ri Julie Brook, Kath NicLeòid agus luchd-ealain eile. Tha an obair ealain a' comharrachadh cruth-talmhainn Ceann a Deas an Eilein Sgitheanaich.

The artwork featured throughout this report is from the An Dealbh Mòr project, a Gaelic / English visual arts and performance initiative run by children from Sleat Primary School and Sgoil-àraich in collaboration with artists including Julie Brook and Kath MacLeod. The artwork celebrates the landscape of South Skye.





**Aithris a' chathraiche**  
**chairman's statement**

# Aithris a' Chathraiche

Am-bliadhna fhuair a' Ghàidhlig aire bho gach ceàrn de dh'Alba ach cuideachd air feadh a' chòrr den t-saoghal. Cha chuimhne leam cuin a bha uiread de dh'ùidh anns a' chànan is a' chultar.

Eadar foillseachadh a' Phlana Nàiseanta agus ùidh anns an t-sianail ùr telebhisean didseatach Gàidhlig, bhon taic èasgaidh bho bhuidhnean poblach airson am Planaichean Gàidhlig gus an cliù air feadh an t-saoghail airson an fhilm Seachd, tha a' Ghàidhlig air bilean iomadh duine anns nach do shuath an cànan roimhe agus bilean dhaoine a tha a' faireachdainn gu bheil sinn a' dèanamh adhartas mu dheireadh thall a thaobh a cumail beò do na ginealaich ri teachd.

Tha foillseachadh Plana Nàiseanta a' Bhùird na cheum mòr ann an eachdraidh a' chànan. Chaidh gabhail gu math ris is daoine agus buidhnean air feadh na dùthcha a' cur fàilte air ar maparathaid òrdail, adhartach ach so-ruigsinn airson leasachadh air a' chànan agus a' chultar. Lean an stiùireadh air Planaichean Gàidhlig gu ùidh bho bhuidhnean poblach nach robh idir air an taghadh anns a' chiad chuibhreann a dheasaicheadh planaichean ach a roghnaich plana a chur ri chèile gus an dealas agus an taic airson na Gàidhlig a nochdadh.

Chùm sinn coinneamhan timcheall na h-Alba, dh'obraich sinn còmhla ri companaidhean san roinn phrìobhaideach mar Homebase a tha air bùthan dà-chànanach fhosgladh ann an trì ceàrnaidhean, mhaoinich sinn trì pròiseactan ùr-ghnàthach agus fiughaireach airson a' Ghàidhlig a leasachadh agus dh'obraich sinn gu cruaidh san fharsaingeachd airson ìomhaigh a' chànan àrdachadh.

Tha fhathast tòrr obrach ri dhèanamh gus piseach a thoirt air toradh agus coileanadh a' Bhùird ach tha sinn a' dèanamh adhartas. Tha ar Ceannard ùr, Coinneach Moireach air a chur an dreuchd agus tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur air buill ùra chun a' Bhùird anns na mìosan ri teachd. Cuiridh seo ris an dòigh-obrach ùr a tha sinn a' gabhail. Tha mi airson taing a thoirt don luchd-obrach gu lèir agus buill a' Bhùird airson an saothair fad na bliadhna. Tha sinn a' cur fìor mheas air an dealas.

Am-bliadhna leig ar seann Cheannard, Ailean Caimbeul dheth a dhreuchd. Bu mhath leam taing a thoirt do dh'Ailean airson a spàirn às leth a' chànan thar nam bliadhnaichean. Thug e Bòrd na Gàidhlig tro na ciad trì bliadhna aige agus, mus do dh'fhàg e am Bòrd, thug e seachad a' chiad Phlana Nàiseanta Gàidhlig. Mar sin 's e saothair chudromach, bhrioghmhor a rinn e dhar cànan.

## Chairman's Statement

This was a year when Gaelic gained attention not only across Scotland but from the rest of the world. Never before can I remember as much interest in the language and culture.

From the launch of the National Plan to the interest in the new Gaelic digital television channel, from the enthusiastic support from public bodies for their Language Plans to the worldwide acclaim for the film Seachd, Gaelic is on the lips of many people who have never been touched by the language in the past and those who feel we are finally making headway in sustaining it for future generations.

The launch of the Bòrd's National Plan is a milestone in the history of our language. It was well received as people and organisations across the country welcomed our structured, ambitious but achievable route map to develop the language and culture. The guidance for Gaelic Language Plans led to interest from public bodies not even selected in the first group to prepare plans but keen to show their commitment to and support for Gaelic by producing their own plans.


We held meetings across Scotland, worked with private sector companies like Homebase who have opened bilingual stores in three locations, funded innovative and positive projects to develop Gaelic and generally worked hard to raise the profile of the language.

There is still a great deal of work to be done to improve the output and performance of the Bòrd but we are making progress. Our new Chief Executive, Kenneth Murray is in post and we are looking forward to welcoming new Bòrd members in the coming months. This will all add to the fresh approach we are taking. I would like to thank all of our staff and Bòrd members for their endeavours throughout the year. Their commitment is greatly appreciated.

This year our previous Chief Executive, Allan Campbell retired. I would like to thank Allan for his efforts for the language over the years. He saw Bòrd na Gàidhlig through its first three years and, before retiring, handed over the first National Plan for Gaelic. His is an important and significant contribution to our language.

Mu dheireadh, rinn mi cinnteach anns gach òraid agus beachd poblach a thug mi seachad air a' bhliadhna a dh'fhalbh gun toirinn iomradh air cho fìor chudromach 's a tha ar coimhearsnachdan don Ghàidhlig san àm ri teachd. Air a chur gu simplidh, tha a' choimhearsnachd bunaiteach do chumail a' chàinain beò. Anns a' bhliadhna a tha romhainn tha mi airson gum faic sinn buidhnean Gàidhlig a' cur ro-innleachdan ri chèile airson taic a thoirt do theaghlaichean gus am bi a' Ghàidhlig air a bruidhinn le misneachd san dachaigh. Feumaidh sinn taic a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd gus cothroman ùra air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh a chur air adhart agus am feabhas. Tha mòran ri dhèanamh ach bidh coimhearsnachdan aig cridhe gach nì ris an cuir sinn ar làmh.


Uaireannan canaidh daoine rium gur e Achd na Gàidhlig an cothrom deireannach airson na Gàidhlig. Chan e an cothrom deireannach – 's e a' chiad chothrom a fhuair an cànan againn. Seo a' chiad chothrom nar n-eachdraidh a tha bunait reachdail air a bhith aig a' Ghàidhlig. Ma chumas sinn oirnn a' stri còmhla nì sinn deagh fheum den chothrom ro dhòchasach seo.



**Mata M MacIomhair**  
Cathraiche


Finally, I made a point of mentioning in every speech and public comment I gave in the past year just how important our communities are to the future of Gaelic. Put simply the community is fundamental to the survival of the language. In the year ahead I want to see Gaelic organisations developing strategies to support families so Gaelic is spoken confidently in the home. We also need to give support to community groups to promote and develop new opportunities to learn and use Gaelic. There is much to be done but communities will be at the heart of everything we do.

People sometimes say to me that the Gaelic Language Act is the last chance for Gaelic. It is not the last chance – it is the first chance our language has been given. This is the first time in our history that Gaelic has had a statutory foundation. If we continue to work hard together we can make the most of this exciting opportunity.



Matthew M MacIver  
Chairman





**Ro-fhacal a' cheannaird**  
chief executive's foreword



# Ro-fhacal a' Cheannaird

B' e bliadhna thrang, bheothail a bha aig Bòrd na Gàidhlig agus bliadhna eile a bha air leth cudromach airson cànan agus cultar na Gàidhlig. Thug foillseachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig sa Mhàrt cothrom air leth do shaoghal na Gàidhlig airson buaidh fhiughaireach agus fàs.

Le buidhnean poblach a-nis ag obair gus Planaichean Gàidhlig a libhrigeadh a rèir an stiùiridh a chuir sinn a-mach na bu thràithe air a' bhliadhna, 's e àm dùbhlach ach misneachail a th' ann don chànan. Ach tha e deatamach gum bi am Bòrd an dà chuid a' cuideachadh agus a' coileanadh atharrachadh. Tha mi airson dèanamh cinnteach gum bi structaran freagarrach againn gus an toir sinn na seirbheisean as fheàrr a ghabhas dhan Ghàidhlig agus gus am faigh sinn air ar dleastanasan reachdail a choileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach cuideachadh leis na prìomh chom-pàirtichean againn le leasachadh na Gàidhlig do dh'Alba tro bhith a' libhrigeadh nan ceann-uidhe anns a' Phlana Nàiseanta.

Tha mi cuideachd ag iarraidh, tron Phlana Nàiseanta, obrachadh gus na seirbheisean agus an taic as fheàrr a ghabhas a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha sinn airson gum bi ar com-pàirtichean gu lèir ag obair còmhla rinn airson stad a chur air crìonadh na Gàidhlig, agus a faicinn a' fàs às ùr. Tha mi a' coimhead air adhart ris a' Bhòrd a bhith a' brosnachadh tuilleadh co-obrachaidh le luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh agus luchd-taice a chuidicheas ar cànan agus ar cultar.

'S ann mu dheidhinn daoine a tha a h-uile cànan agus tha uallach trom oirne, luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh a' chànain, cumail oirnn ga bhruidhinn, ga leughadh, ga sgrìobhadh agus ga chleachdadh – agus cuideachd daoine eile a bhrosnachadh gu bhith a' tuigsinn cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig air sgàth iomadachd agus dualchas cultarach beò na h-Alba. Tha mi a' cur romham gum feum am Bòrd luchd-labhairt na Gàidhlig a chuideachadh an t-uallach sin a ghiùlan agus na h-innealan agus a' mhisneachd a thoirt dhaibh gu bhith nan tosgairean airson a' chànain aca.

## Chief Executive's Foreword

It has been a busy and eventful year for Bòrd na Gàidhlig and another hugely significant one for the Gaelic language and culture. The launch of the National Plan for Gaelic in March provided the world of Gaelic with an unparalleled opportunity for growth and positive influence.

With public bodies now seeking to deliver Gaelic Language Plans based on the guidance we issued earlier in the year, this is a challenging but encouraging time for the language. It is, therefore, crucial that the Bòrd acts as both a facilitator and an agent of change for Gaelic. I want to ensure that we have appropriate structures in place so that we provide the best possible services for Gaelic and that we are able to fulfil our statutory obligations. This includes helping our partners in developing Gaelic for Scotland by delivering the goals laid out in the National Plan.

I am also keen, through the National Plan, to work to provide the best possible services and support to Gaelic speaking communities. We want all our partners to work with us to reverse the decline of Gaelic, and see it grow again. I also look forward to the Bòrd encouraging further engagement with speakers and learners and enthusiasts to help our language and culture.

Any language is, of course, about people and there is a heavy responsibility on those of us who speak the language or are learning it, to keep speaking, reading, writing and living it - and also to encourage others to recognise the importance of Gaelic for the sake of Scotland's diversity and rich living cultural heritage. I am keen to help Gaelic speakers shoulder that responsibility and give them the tools and confidence to be ambassadors for our language.





Tha mi air leth toilichte gur mi Ceannard ùr Bhòrd na Gàidhlig agus 's e urram mòr a th' ann an cothrom fhaighinn a bhith ga stiùireadh aig an àm chudromach seo na eachdraidh. Tha mi airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a thug làthaireachd agus follaiseachd cho mòr dhan Ghàidhlig anns a' bhliadhna a chaidh seachad. Chaidh mòran a choileanadh tron bhliadhna agus nì a h-uile duine aig a' Bhòrd an uile-dhìcheall togail air.

Tha mi an dòchas gun còrd ar n-Aithisg Bhliadhnail airson 2006-07 ribh.



**Coinneach A Moireach**  
Ceannard


I am delighted to be the new Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig and I feel honoured to be given the opportunity to lead it at this important stage in its development. I would like to pay tribute to all those who have provided Gaelic with such a tremendous profile and platform over the last year. Much has been achieved in the past twelve months and I am determined that everyone at the Bòrd will do their utmost to build upon it.

I hope you find our Annual Report 2006-07 of interest.



**Kenneth A Murray**  
Chief Executive





**Aithris Rùin**  
mission statement



# Aithris Rùin

'S e Bòrd na Gàidhlig am Buidheann Leasachaidh Gàidhlig air a bheil uallach airson cànan agus cultar na Gàidhlig adhartachadh air feadh Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Chaidh am Bòrd a stèidheachadh fo chumhachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh an reachdas suaicheanta seo tro Phàrlamaid na h-Alba gun bhacadh, a' comharrachadh ceum cudromach ann an adhartas a dh'ionnsaigh inbhe thèarainte don Ghàidhlig ann an Alba. Tha Cathraiche agus buill Bhòrd na Gàidhlig air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.

'S e adhbhar na h-Achd, cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba a chur air adhart agus misneachd agus taic a thoirt do bharrachd cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, a' choimhearsnachd, an àite-ionnsachaidh agus an àite-obrach. Tha an Achd a' cur dleastanas air Bòrd na Gàidhlig a bhith ag ullachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Chaidh a' chiad phlana a chur air bhog sa Mhàrt 2007 agus tha mapa-rathaid chòig-bliadhna ann a' comharrachadh diofar iomairtean agus pròiseactan co-obrachaidh gus an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig a chur am meud agus a' Ghàidhlig a chumail beò san àm ri teachd. Tha am Plana Nàiseanta a' cur cudrom air na raointean leasachaidh a tha air am mìneachadh san Achd agus a' cur cudrom sònraichte air an àite a tha aig foghlam ann an leasachadh a' chàinain.

Tha an Achd cuideachd a' cur dleastanas air a' Bhòrd a bhith a' cur a-mach fiosan-plana gach bliadhna gu buidhnean poblach ann an Alba ag iarraidh orra Planaichean Gàidhlig ullachadh a tha ag innse an dealas gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh taobh a-staigh am buidhinn fhèin agus an comas air a bhith a' leasachadh na h-ìre agus an taghadh de sheirbheisean a tha iad a' tabhann tron Ghàidhlig.

Tha foghlam tron Ghàidhlig a' soirbheachadh ann an Alba agus tha e na phrìomh phàirt de dh'obair Bhòrd na Gàidhlig. Le làn-dreuchdan Stiùiriche Foghlaim agus Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg Gàidhlig tha am Bòrd ag iarraidh barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' teagasg Gàidhlig agus a' misneachadh dhaoine òga agus nas sine an cànan ionnsachadh.

## Mission Statement

Bòrd na Gàidhlig is the Gaelic Development Agency charged with promoting the Gaelic language and culture throughout Scotland and internationally.

The Bòrd was established under the terms of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. This landmark piece of legislation passed through the Scottish Parliament unopposed, marking an important milestone to achieving secure status for Gaelic in Scotland. The Chairperson and board members of Bòrd na Gàidhlig are appointed by Scottish Ministers.

The purpose of the Act is to promote the use of Gaelic in Scottish public life and to encourage and support the increased use of Gaelic in the home, community, place of learning and workplace. The Act places a duty on Bòrd na Gàidhlig to produce a National Plan for Gaelic. The first plan was launched in March 2007 and provides a five year route map that sets out a range of initiatives and collaborative projects that will increase the number of Gaelic speakers and secure the future of Gaelic. The National Plan focuses on the development areas outlined in the Act and places specific emphasis on the role education has to play in developing the language.

The Act also places a duty on the Bòrd to issue annual notices to Scottish public authorities requiring them to prepare Gaelic Language Plans that lay out their commitment to raising the profile of Gaelic within their respective organisations and their capacity to improve the level and range of services they provide through Gaelic.

Gaelic medium education is thriving in Scotland and is a major focus of the work of Bòrd na Gàidhlig. With a dedicated Education Manager and Gaelic Teacher Recruitment Officer the Bòrd is committed to encouraging more people to teach Gaelic and to encourage the young and not so young to learn the language.

## Prìomh Chomharran Coileanaidh

Dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba prìomh chomharran coileanaidh le Bòrd na Gàidhlig airson na h-ùine 2006-07. Bhathar a' sùileachadh gun coileanadh am Bòrd na targaidean a leanas:

### Key Performance Indicators

The Scottish Executive agreed key performance indicators with Bòrd na Gàidhlig for the period 2006-07. It expected the Bòrd to achieve the following targets:

Prìomh Chomharran Coileanaidh	Targaid	Crioch
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	Foillsich dreachd den Phlana aig deireadh an Lùnastail agus liubhair an dreachd dheireannach do Ministearan aig deireadh an Fhaoillich.	Dreachd Plana air a foillseachadh: Lùnastal 2006 Dreachd dheireannach air a liubhairt: Màrt 2007
Stiùireadh air Planadh Cànan	Foillsich dreachd den Phlana aig deireadh an Lùnastail agus liubhair an dreachd dheireannach don Mhinistear aig deireadh an Fhaoillich.	Dreachd Plana ga ullachadh: Màrt 2006 Dreachd dheireannach air a liubhairt: Ògmhios 2007
Tabhartasan Gàidhlig	Dèan cinnteach gum bi ro-aithrisean caiteachais ceart agus libhrig cunntasan riaghlaidh ann an deagh àm gach mìos.	Air a chrìochnachadh mar a dh'iarrar

Key Performance Indicators	Target	Completion
National Gaelic Language Plan	Publish draft Plan by the end of August and submit the final draft to Ministers by the end of January.	Published draft Plan: August 2006 Final draft submitted: March 2007
Guidance on Language Planning	Publish draft Guidance by the end of August and submit the final draft to Ministers by the end of January.	Published draft Guidance: August 2006 Final draft being prepared: March 2007
Gaelic Grants	Ensure accurate expenditure forecasting and provide timely monthly management accounts.	Completed as requested





**Am plana nàiseanta**  
The national plan for gaelic



# Am Plana Nàiseanta

Tha a' Ghàidhlig na pàirt shònraichte de dhualchas nàiseanta na h-Alba. Buinidh i don t-sluagh, agus 's e ar n-uallach mar dhùthaich a cumail beò ann an Alba a tha nodha, ioma-chànanach.

Chaidh a' chiad Phlana Nàiseanta Gàidhlig a chur air bhog air 26 Màrt 2007 le, Ministear na Turasachd, Cultair & Spòrs.

Tha am Plana a' toirt mapa-rathaid chòig-bliadhna don riaghaltas, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach agus na h-earrannan prìobhaideach agus saor-thoileach gus an cànan a thoirt air adhart. Tha e a' cur cudrom air adhartachadh agus leasachadh a' chànan gus daoine a mhisneachadh gu bhith ga ionnsachadh agus ga chleachdadh, cho math ri dòighean air cur ris an inbhe aige.

Nuair a chaidh a chur air bhog fhuair am Plana taic bho bhuidhnean poblach agus prìobhaideach mar Homebase, Caledonian Mac a' Bhriuthainn agus Comhairle nan Eilean Siar agus fhuair e aonta phàrantan nan sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig.


## The National Plan for Gaelic

Gaelic is a unique part of Scotland's national heritage. It belongs to the people, and it is our responsibility as a nation to maintain its existence in a modern, multilingual Scotland.

The first National Plan for Gaelic was launched on the 26 March 2007 by the Minister for Tourism, Culture & Sport.

The Plan provides the Government, local authorities, public bodies and the private and voluntary sectors with a five year road map to take the language forward. It concentrates on promoting and developing the language to encourage people to learn and use it, in addition to ways of enhancing its status.

At its launch the Plan received backing from public and private sector organisations such as Caledonian MacBrayne and Homebase as well as endorsement from the parents of pupils in Gaelic medium education.



Nuair a chaidh am plana a chur air bhog thuirt am Ministear:

“Bu chòir do dh’Alba a bhith moiteil às an eachdraidh phriseil, eugsamhail aig a’ Ghàidhlig, às a’ chli aice san àm seo agus às an dùil mhòr aice. ‘S e stèidh chudromach a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson seasmhachd a chruthachadh don Ghàidhlig san àm ri teachd.”

Chuir an Achd Ghàidhlig às an tàinig Bòrd na Gàidhlig dleastanas air Plana Nàiseanta a dheasachadh.

A’ bruidhinn aig an fhoillseachadh thuirt Ailean Caimbeul, Ceannard a’ Bhùird aig an àm:

“Tha leasachadh na Gàidhlig air adhartas mòr a dhèanamh thar nam beagan bhliadhnan a chaidh seachad agus ‘s e ceum air leth cudromach eile a th’ ann am foillseachadh a’ chiad Phlana Nàiseanta Gàidhlig.

“Thàinig Plana Nàiseanta na Gàidhlig a-mach à saothair agus dealas aig iomadh duine. Às dèidh nan trì mìosan de cho-chomhairle phoblach eadar an Lùnastal agus an t-Samhain an-uiridh, tha Bòrd na Gàidhlig riaraichte gu bheil am Plana a’ sealltainn miannan luchd-cleachdaidh agus luchd-taic na Gàidhlig airson leasachadh a’ chànain.

“Ach, ged as e mapa-rathaid air leth cudromach a th’ anns a’ Phlana a dh’ionnsaigh tèarainteachd dhan Ghàidhlig, aig a’ cheann thall bidh coileanadh an amais sin an urra ri co-phròiseactan èifeachdach agus obair an com-pàirt gan cumail a’ dol thar gach earrann de bheatha phoblach na h-Alba.

“‘S e slighe dhùbhlach eile a bhios seo ach tha mi cinnteach gum bi e brosnachail agus soirbheachail.”

‘S e na leanas geàrr-iomradh air carson a tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig againn agus na tha e an dòchas a choileanadh.

### **Carson a dh’fheumas sinn Plana Nàiseanta?**

Tha suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba lag. Ma tha an cànan gu bhith seasmach sna làithean ri teachd, feumar saothair a cho-òrdanachadh agus stòrais a stiùireadh a dh’ionnsaigh nan gnìomhan as fheàrr a bheir taic don chànan. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig air a dhealbhadh airson dèiligeadh ri na cùisean sin, agus tha deasachadh a’ Phlana air a chur mar dleastanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

At the launch of the Plan the Minister said:

“Scotland should be proud of Gaelic’s rich and varied past, a dynamic present and a great future. The Gaelic National Plan is an important building block for creating a sustainable future for Gaelic.”

The Gaelic Language (Scotland) Act that established Bòrd na Gàidhlig placed a duty on it to produce a National Plan.

Speaking at the launch the then Chief Executive of the Bòrd Allan Campbell said:

“Gaelic development has enjoyed significant progress over the past few years and the publication of the first National Plan for Gaelic is another hugely important milestone.

“The National Plan for Gaelic is the product of much effort and commitment by many people. Following the three months of public consultation which took place between August and November last year, Bòrd na Gàidhlig is satisfied that the Plan reflects the aspirations of users and supporters of Gaelic for the development of the language.

“However, while the Plan is an enormously important route map towards securing the future of Gaelic, the ultimate realisation of that goal will depend on continuing effective collaborations and partnership working across all sectors of Scottish life.

“This will be another challenging journey but I’m sure it will be exciting and successful.”

Below is an outline of why we have a National Plan for Gaelic and what it hopes to achieve.

### **Why do we need a National Plan?**

The position of Gaelic in Scotland is fragile. If it is to have a sustainable future, there needs to be co-ordination of effort and direction of resources towards those actions which will best support the language. The National Plan for Gaelic is designed to address these issues, and the development of the Plan is a statutory duty placed on Bòrd na Gàidhlig by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.



## Dè tha am Plana Nàiseanta a' feuchainn ri dhèanamh?

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag amas air inbhe thèarainte a thoirt don Ghàidhlig ann an Alba.

'S e an dùbhlán as motha a bhith a' cur stad air a' chrìonadh anns an àireamh de dhaoine a tha a' bruidhinn na Gàidhlig. Ann an 1881, bha còrr air cairteal millean luchd-labhairt Gàidhlig ann an Alba, a' riochdachadh faisg air 7% den t-sluagh. A rèir Cunntas-sluaigh 2001 bha 58,652 luchd-labhairt Gàidhlig aois trì no nas sine ann an Alba, a' riochdachadh 1.2% de shluagh na dùthcha. Tha am figear seo sìos bho chòrr air 65,978 luchd-labhairt Gàidhlig clàraichte ann an 1991, ged a tha an crìonadh mòran nas slaodaiche. 'S e grad-phrìomhachas ceuman a ghabhail a chumas an àireamh iomlan de luchd-labhairt Gàidhlig aig ìre chunbhalach, sheasmhach, gus ar cuideachadh a' togail airson nan làithean ri teachd.

## Ciamar a chuidicheas am Plana Nàiseanta seo a choileanadh?

Tha am Plana Nàiseanta a' mìneachadh nan ceuman a dh'fhaodar a ghabhail, agus air cùl a dheasachadh tha ceithir prionnsapalan stèidhte, eadar-cheangailte planadh cànan a tha air leasachadh mhion-chànanan a stiùireadh ann an dùthchannan eile:

- Togail cànan – a' dèanamh cinnteach gum bi an cànan air a thoirt seachad tron teaghlach agus tro fhoghlam
- Cleachdadh cànan – a' toirt brosnachadh agus barrachd chothroman do dhaoine an cànan a chleachdadh
- Inbhe cànan – a' cur aghaidh air ìomhaigh a' chànan agus mar a tha e air fhaicinn taobh a-staigh buidhnean buadhach
- Corpas cànan – a' dealbh cànan coitcheann a bhios miadhail, cleachdmhor agus ìomchaidh

Anns na beagan bhliadhnachan ri teachd tha sinn ag iarraidh gum faic sinn:

- an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a' tòiseachadh air cothromachadh
- meudachadh air an àireamh chloinne a' tòiseachadh ann am foghlam ro-sgoile tron Ghàidhlig agus a' dol air adhart tro gach raon bun-sgoile agus àrd-sgoile tron Ghàidhlig
- meudachadh air an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' tighinn gu fileantachd
- meudachadh ann an litearrachd am measg luchd-labhairt na Gàidhlig.

## What does the National Plan aim to do?

The National Plan for Gaelic aims to secure the future of Gaelic in Scotland.

The biggest challenge is to reverse the decline in the number of people who speak Gaelic. In 1881, there were over a quarter of a million Gaelic speakers in Scotland, representing almost 7% of the population. According to the 2001 Census there were 58,652 Gaelic speakers aged three or over in Scotland, representing 1.2% of the country's population. This figure is down from over 65,978 Gaelic speakers recorded in 1991, although the rate of decline has slowed considerably. An immediate priority is to take measures that will keep the total number of Gaelic speakers at a steady, sustainable level, to help build for the future.

## How can the National Plan help to achieve this?

The National Plan sets out the steps which can be taken, and its development has been informed by four well-established and interrelated language planning principles which have guided minority language development in other countries:

- Language acquisition – ensures the language is passed on through the family and through education
- Language usage – motivates people and provides them with more opportunities to use the language
- Language status – addresses the image of the language and how it is seen within institutions
- Language corpus – develops a standardised language which is popular, well-used and relevant

In the immediate future we want to see:

- the number of Gaelic speakers in Scotland beginning to stabilise.
- an increase in the number of children entering pre-school Gaelic medium education and progressing through the Gaelic medium primary and secondary continuum.
- an increase in the number of adult learners progressing to fluency.
- an increase in literacy among Gaelic speakers.





## Dè nì Bòrd na Gàidhlig gus seo a chur an gnìomh?

Am measg rudan eile tòisichidh sinn ag obair airson:

- iomairt nàiseanta follaiseachd ag amas air iomhaigh fhiughaireach a chur air adhart don Ghàidhlig ann an Alba.
- iomairt a stèidheachadh gus cleachdadh agus toirt seachd na Gàidhlig anns an dachaigh adhartachadh.
- sgrùdadh a dhèanamh air solar cùram-chloinne agus bliadhnachan tràth tron Ghàidhlig gus an t-seirbheis a tha ann a shoillearachadh, beàrnan a chomharrachadh agus molaidhean a chur air adhart airson an t-seirbheis a leasachadh.
- sgeama maoinachaidh a stèidheachadh a bheir taic do dhaoine a tha ag iarraidh an sgilean Gàidhlig a leasachadh agus a leudachadh.
- prògram dhuaisean bliadhnail, gus coileanadh ann an togail agus cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, a' choimhearsnachd agus an àite-obrach a chomharrachadh, a dheasachadh agus a thòiseachadh.
- fiosan a chur gu ùghdarrasan poblach buntainneach ag iarraidh Planaichean Gàidhlig reachdail.
- stuthan ullachadh mu na cothroman air a' Ghàidhlig a chleachdadh san àite-obrach.
- comhairle a thoirt air planadh Gàidhlig agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na h-earrannan prìobhaideach agus saor-thoileach.



## What will Bòrd na Gàidhlig do to make this happen?

Amongst other things we will initiate action to:

- implement a national publicity campaign aimed at promoting a positive image for Gaelic in Scotland.
- launch a campaign to promote the use and transmission of Gaelic in the home.
- implement a review of Gaelic childcare and early years provision to clarify existing provision, identify gaps and make recommendations for improving provision.
- establish a funding scheme to provide support for those seeking to improve and develop their Gaelic language skills.
- develop and introduce an annual awards programme which will recognise achievement in the acquisition and use of Gaelic in the home, community and workplace.
- issue notices to relevant public authorities requesting statutory Gaelic Language Plans.
- prepare materials on the opportunities for the use of Gaelic in the workplace.
- provide Gaelic planning advice and examples of good practice with regard to Gaelic use in the private and voluntary sectors.



### **Cò eile a tha an sàs ann?**

Aig cridhe libhrigeadh nan gnìomhan leasachaidh air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig bidh obair an com-pàirt eadar Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile.

Cuiridh sinn ar maoinachadh leasachaidh ri taic do choileanadh ghnìomhan a tha air an comharrachadh anns a' Phlana Nàiseanta. Ann an seo, bidh sinn a' co-obrachadh le diofar ùghdarrasan poblach, bhuidhnean Gàidhlig agus bhuidhnean eile aig a bheil na sgilean agus an t-eòlas airson adhartas a dhèanamh ann an raointean gnìomha.

Air leth cudromach ann an libhrigeadh ar sealladh airson na Gàidhlig tha com-pàirt fhor-ghnìomhach bho gach seòrsa buidhinn – poblach, prìobhaideach, saor-thoileach, Gàidhlig, neo-Ghàidhlig agus riaghaltas.

Aig a' cheann thall, bidh soirbheachadh a' Phlana Nàiseanta an urra ri luchd-labhairt agus luchd-taice fa leth na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh a' chàin nas trice agus anns gach pàirt den bheatha phoblach, agus gu sònraichte a' gabhail na barrachd chothroman air a' Ghàidhlig a chleachdadh a bhios air an cruthachadh le planaichean càin aig buidhnean poblach.

### **Ciamar a thèid buaidh a thomhas?**

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil air coileanadh nan gnìomhan leasachaidh air an comharrachadh anns a' Phlana Nàiseanta. Ni sinn seo le lèirmheas air ar gnìomhan fhìn, le sùil a chumail air obair bhuidhnean a bhios ann an com-pàirteachas foirmeil leinn, agus le fiosrachadh a shireadh air buidhnean eile mu cheuman a ghabh iad airson nan gnìomhan leasachaidh a tha sinn air comharrachadh anns a' Phlana Nàiseanta a chleachdadh.



### **Who else is involved?**

Central to delivery of the development actions identified in the National Plan for Gaelic will be partnership working between Bòrd na Gàidhlig and other bodies.


We will use our development funding to support the implementation of actions identified in the National Plan. In this, we will work in collaboration with a range of public authorities, Gaelic groups and other bodies that have the skills and expertise to make progress in action areas.

Of particular importance in delivering our vision for Gaelic is the proactive engagement of all types of bodies – public, private, voluntary, Gaelic, non-Gaelic and government.

The ultimate success of the National Plan will depend on individual speakers and supporters of Gaelic using the language more frequently and in all aspects of daily life, and in particular seizing upon the greater opportunities to use Gaelic that the development of public authority language plans will create.

### **How will success be measured?**

Bòrd na Gàidhlig will monitor implementation of the development actions identified in the National Plan. We will do this by reviewing our own actions, by monitoring the activities of bodies with which we have developed formal partnerships, and by seeking information from other bodies on steps which they have taken to adopt the development actions we have identified in the National Plan.



foghlam agus ionnsachadh  
education and learning



# Foghlam agus Ionnsachadh

Bha a' bhliadhna a chaidh seachad na ceum sònraichte ann am foghlam Gàidhlig le grunn leasachaidhean ùra, cudromach a' gabhail a-steach fosgladh a' chiad sgoil làn-Ghàidhlig ann an Alba le bun-sgoil agus àrd-sgoil, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, ann an Glaschu agus tòiseachadh air bun-sgoil Ghàidhlig ann an Inbhir Nis.

Còmhla ri seo, bha na h-àireamhan de chloinn ann am foghlam tron Ghàidhlig fhathast a' meudachadh le 701 sgoilear clàraichte airson foghlam Gàidhlig ro-sgoile ann an 60 ionad ro-sgoile timcheall na h-Alba, na àrdachadh de 60 sgoilear. Thug fosgladh roinn ùr tron Ghàidhlig ùr ann am Bun-sgoil Bhruach a' Mhuilinn ann an Inbhir Narann an àireamh de bhun-sgoiltean a' tabhann foghlam tron Ghàidhlig gu 62 agus chaidh na h-àireamhan de sgoilearan sa bhun-sgoil suas gu 2,092 bho 2,068. Ann an 2006-2007 bha 293 sgoilear a' gabhail cuspairean a bharrachd air Gàidhlig tro mheadhan a' chànain, agus 945 fileantach agus 2,696 neach-ionnsachaidh a' gabhail Gàidhlig mar chuspair anns an aon bhliadhna. Bha na figearan sin sìos beagan air àireamhan iomlan na bliadhna roimhe agus tha iad a' sealltainn gu soilleir gum feum am Bòrd, a' co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail foghlaim, aire shònraichte a thoirt do neartachadh foghlam san àrd-sgoil tron Ghàidhlig agus meudachadh air cothrom aig luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Aig an àm seo chan eil staitistig pongail ann air an àireamh de sgoilearan ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànain ann am bun-sgoiltean timcheall na h-Alba tron phrògram Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), ach thathar a' meas gun robh an àireamh timcheall air 5,400.

San Iuchar 2006 dh'ainmich am Bòrd gun robh Rosemary Ward air a fastadh mar a' chiad Stiùiriche Foghlaim aige. Sa Mhàrt 2007 chaidh a' chiad Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig fhoillseachadh. Tha an ro-innleachd a' mìneachadh prìomhachasan a' Bhùird airson foghlam Gàidhlig thar nan còig bliadhna ri thighinn.



## Education and Learning

A number of important new developments were achieved in Gaelic education including the opening of Scotland's first all Gaelic primary & secondary school, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, in Glasgow and the beginning of work on a new Gaelic school in Inverness.

In addition to this, the number of pupils in Gaelic medium education continued to increase with 701 children registered for Gaelic pre-school education in 60 pre-school centres across Scotland, a rise of 60 children. The opening of new Gaelic medium provision at Millbank Primary School in Nairn brought the number of primary schools offering Gaelic medium education to 62 and the primary pupil numbers rose to 2,092 from 2,068. In 2006-2007 there were 293 pupils studying subjects other than Gaelic through the medium of the language, and 945 fluent speakers and 2,696 learners studied Gaelic as a subject in the same year. These figures were down slightly on the previous year totals and clearly indicate that the Bòrd, in collaboration with local education authorities, must focus attention on strengthening Gaelic medium secondary provision and increasing access for Gaelic learners. There are currently no accurate statistics on the number of primary pupils across Scotland learning Gaelic as a language in primary schools across Scotland through the Gaelic Language in the Primary School (GLPS) programme, however the number is estimated to be somewhere in the region of 5,400.

In July 2006 the Bòrd announced the appointment of Rosemary Ward as its first Education Manager. In March 2007, the first National Plan for Gaelic and the National Gaelic Education Strategy were published. The latter document sets out the Bòrd's priorities for Gaelic education over the next five years.

Thòisich uile-gu-lèir 11 tidsear bun-sgoile Gàidhlig agus dithis tidsear àrd-sgoile fo dhearbhadh air a' bhliadhna inntrigidh aca san Lùnastal 2006. San t-Sultain 2006 chuir am Bòrd fàilte air Angela NicIleBhràigh san dreuchd Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg Gàidhlig. Bha an dreuchd seo air a stèidheachadh le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus dhearbhadh e dealas an Riaghaltais agus a' Bhùird airson meudachadh air an àireamh de luchd-teagaisg Gàidhlig ann an Alba agus àrdachadh mothachaidh air na cothroman teagaisg a tha ann am foghlam Gàidhlig.

Lean am Bòrd air ag obair an com-pàirt ri Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean foghlaim gus foghlam Gàidhlig adhartachadh agus a leasachadh agus airson a' chiad uair dh'obraich e còmhla ri Roinn Foghlaim Riaghaltas na h-Alba air stiùireadh agus riarachadh Thabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig.

#### Nithean Sònraichte

- Gheàrr Mata MacIomhair, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, a' chiad sgrath is obair a' tòiseachadh air an sgoil Ghàidhlig ann an Inbhir Nis. *"S e latha eachdraidheil a tha seo do dh'Inbhir Nis agus dhan Ghàidhlig, a' tòiseachadh air goireas feumail a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig agus na coimhearsnachd Gàidhlig san fharsaingeachd."*
- Dh'ainmich Bòrd na Gàidhlig pasgan maoinachaidh £1.6 millean do bhuidhnean Gàidhlig a' gabhail a-steach Comhairle nan Sgoiltean Àraich, Ionad Chaluim Chille Ìle, Clì Gàidhlig, Colaisde a' Chaisteil agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.
- Chuir Bòrd na Gàidhlig Rosemary Ward an dreuchd mar a' chiad Stiùiriche Foghlaim. *"S e dreuchd air leth cudromach a tha seo do na tha ron Ghàidhlig. Cuidichidh a' chiad Stiùiriche Foghlaim a bh' againn riann le leasachadh a' chànain a phutadh air adhart, ag obair an com-pàirt le na diofar sholaraichean foghlam Gàidhlig."*
- Bha pàrantan agus clann à iomadh ceàrn de dh'Alba an làthair aig Seachdain Teaghlaich san Iuchair ann an Sabhal Mòr Ostaig, a' cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach. *"Tha an t-seachdain a' toirt cothrom air leth feumail do phàrantan nach eil a' faighinn mòran cothruim a' Ghàidhlig a chluinntinn no a bhruidhinn sin a dhèanamh ann an àrainneachd shocair, thaiceil. Fhuair a' chlann fhèin cothrom cuideachd air Gàidhlig a bhruidhinn ri clann às gach ceàrn de dh'Alba."*

A total of 11 Gaelic primary probationer teachers and two secondary probationers embarked on their induction year in August 2006. In September 2006 the Bòrd welcomed Angela MacGillivray to the post of Gaelic Teacher Recruitment Officer. This post was established with funding provided by the Scottish Executive and confirmed its commitment and that of the Bòrd to increasing the number of Gaelic teachers in Scotland and raising awareness of the teaching opportunities that exist in Gaelic education.

The Bòrd continued to work in partnership with the Scottish Executive, local authorities and education bodies to promote and develop Gaelic education and for the first time worked with the Scottish Executive Education Department on the management and allocation of Specific Grants for Gaelic Education.

#### Highlights

- Matthew MacIver, Chairman of Bòrd na Gàidhlig, cut the first turf as work began on the new Gaelic school in Inverness "This is a historic day for Inverness and for Gaelic, initiating the creation of a unique resource for Gaelic education and the wider Gaelic community."
- Bòrd na Gàidhlig announced a £1.6 million funding package for Gaelic bodies including Comhairle nan Sgoiltean Àraich, Ionad Chaluim Chille Ìle, Clì Gàidhlig, Lews Castle College and Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.
- Bòrd na Gàidhlig appointed Rosemary Ward as its first Education Manager. "This is a hugely significant appointment for the future of the Gaelic language. Our first ever Education Manager will help drive forward the development of the language working in partnership with the various providers of Gaelic education."
- Parents and children from across Scotland attended a Families' Week in July at Sabhal Mòr Ostaig, the Gaelic college on the Isle of Skye. "The week is a really useful opportunity for parents who do not have the opportunity to hear or speak Gaelic often to do so in a relaxed and supportive environment. The children themselves also get a chance to speak Gaelic to children from all over Scotland."

- Dh'aontaich buill de Chomataidh an Fhoghlaim, Cultair agus Spòrs aig Comhairle na Gàidhealtachd Bun-sgoil Shlèite san Eilean Sgitheanach a stèidheachadh mar sgoil shònraichte Ghàidhlig le roinn tron Bheurla, a' chiad sgoil den t-seòrsa ann an Alba.
  - Ghabh iomairt trusadh luchd-teagaisg air a ruith le Angela NicIlleBhràigh, Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, a-steach tursan fiosrachaidh agus bùthan obrach do 365 sgoilear Gàidhlig; taisbeanaidhean do 45 oileanach Gàidhlig FE & HE; frithealadh ceithir tachartasan dhreuchd nàiseanta le fiosrachadh mu chothroman teagaisg agus ionnsachaidh Gàidhlig do chòrr air 300 duine; agus adhartachadh teagasg Gàidhlig air làrach-lìn a' Bhùird agus tro iomairtean sanasachd cuimsichte ionadail.
  - Chuir Rosemary Ward, Stiùiriche an Foghlaim, air bhog làrach-lìn ùr Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, *Gaelic 4 Parents*, aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Dùn Omhainn. Tha an làrach-lìn a' gabhail a-steach abairtean agus obair shìmplidh a dh'fhaodas pàrantan agus clann a chleachdadh còmhla ri chèile, faidhlichean claisneach rin toirt a-nuas an cois leabhraichean a chòrdas ri cloinn, tàlaidhean, rabhdan chloinne agus òrain chumanta eile sa Ghàidhlig.
  - Chomharraich Comhairle na Gàidhealtachd Latha Nàiseanta Bookstart le bhith a' toirt seachad An Gruffalo, an tionndadh Gàidhlig den leabhar ainmeil Gruffalo air a sgrìobhadh le Julia Donaldson agus Axel Scheffler, do sgoilearan ann am foghlam ro-sgoile Gàidhlig tro Leabharlannan na Gàidhealtachd. *"Tha Bookstart air dearbhadh nach eil e uair sam bith ro thràth leabhraichean a leughadh dhan chloinn agaibh, agus mar thoradh air ar co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig faodaidh sinn cuideachadh le togail air leasachadh agus ionnsachadh ar luchd-labhairt Ghàidhlig ri teachd tro na leabharlannan ionadail againn."*
- Members of The Highland Council's Education, Culture and Sport Committee agreed to establish Bun-sgoil Shlèite in Sleat on Skye as a dedicated Gaelic school with an English medium department, the first school of its kind in Scotland.
  - A teacher recruitment campaign run by Angela MacGillivray, the Gaelic Teacher Recruitment Officer for Bòrd na Gàidhlig, included information visits and workshops for 365 Gaelic pupils; presentations to 45 FE & HE Gaelic students; attendance at four national careers events with information on Gaelic teaching and learning opportunities provided to over 300 individuals; and the promotion of Gaelic teaching on the Bòrd's website and through targeted local advertising campaigns.
  - Rosemary Ward, launched Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig's new website, Gaelic 4 Parents, at the Royal National Mod in Dunoon. The website includes simple phrases and activities for parents and children to practice together, downloadable audio files to accompany popular Gaelic children's books, well known lullabies, nursery rhymes and other songs.
  - Highland Council celebrated National Bookstart Day by distributing An Gruffalo, the Gaelic version of the acclaimed Gruffalo book written by Julia Donaldson and Axel Scheffler, to pupils in Gaelic pre-school through its Highland Libraries. "Bookstart has proven that its never too early to read books to your children, and thanks to our partnership with Bòrd na Gàidhlig we can help build on the development and learning of our future Gaelic speakers through our local libraries."



- Chòrd e ri sgoilearan ann an Siorrachd Àir a Tuath a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig tro dhanns, ceòl agus na h-ealain lèirsinneach mar phàirt den phròiseact ùr-ghnàthach ann an Alba air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Seirbheisean Foghlaim Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath. Ag obair còmhla ri Co-òrdanaiche Sgoiltean Gnìomhach na Comhairle agus sgioba de speisealaichean ann an dawns, ceàird agus ceòl, rannsaich sgoilearan taobhan de chultar na h-Alba agus a bhuntainneas ri beatha an latha an-diugh. *“B’ e an t-amas gum biodh cànan na phàirt spòrsail den phròiseact, gus na daoine òga a bhrosnachadh gu bhith moiteil às an dualchas aca agus a’ com-pàirteachadh sa chultar aca fhèin. Chòrd e ri na sgoilearan agus an luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh facail agus abairtean cumanta bhon Ghàidhlig agus bha seo na phàirt gnèitheach de leasachadh a’ phròiseict. Tha sinn air leth toilichte a bhith an sàs ann an adhartachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Tuath agus ‘s e am pròiseact seo dìreach aon eisimpleir den leasachadh a rinn sinn air Foghlam Gàidhlig san sgìre.”*
- Bhruidhinn Stiùiriche Foghlaim agus Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg Gàidhlig a’ Bhùird ri luchd-teagaisg Gàidhlig san àrd sgoil bho thimcheall na h-Alba aig co-labhairt bhliadhnail ChLAS ann an Inbhir Nis.
- Rinn Mata MacIomhair, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig a’ chiad òraid phoblach aig Institiùd OGE nam Mile Bliadhna ann an 2007 fon ainm ‘Na Tha Ron Ghàidhlig’.
- Bha 11 neach-teagaisg Gàidhlig air an clàradh air an sgeama Sàr-mhathas ann am Foghlam tro Cheanglaichean Gnothachais (EEBL) air a ruith le Dreuchdan Alba, a ghabh a-steach greisean-gnìomhachais do luchd-teagaisg còmhla ri BBC Alba, Mac TV, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan.



- Pupils in North Ayrshire enjoyed learning Gaelic through dance, music and visual art as part of the innovative Alba project funded by Bòrd na Gàidhlig and North Ayrshire Council Educational Services. Working with the Council’s Active Schools Co-ordinator and a team of specialists in dance, crafts and music, the pupils explored areas of Scottish culture and its relevance to contemporary life. “The aim was to make language a fun element of the project, to inspire the young people to be proud of their heritage and encourage them to actively enjoy their own culture. The pupils and staff enjoyed learning basic words and phrases from the Gaelic language and this was an intrinsic part of the development of the project. We are delighted to actively promote Gaelic in North Ayrshire and this project is just one example of our development of Gaelic Education in the area.”
- The Bòrd’s Education Manager and Gaelic Teacher Recruitment Officer addressed secondary Gaelic teachers from across Scotland at the annual CLAS conference in Inverness.
- Matthew MacIver, Chairman of Bòrd na Gàidhlig delivered the first UHI Millennium Institute public lecture of 2007 entitled “The Future of Gaelic”.
- 11 Gaelic teachers enrolled on the Excellence in Education through Business Links (EEBL) scheme managed by Careers Scotland, which included work placements for teachers at BBC Alba, Mac TV, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig and Cànan.



- Dh'ainmich Microsoft co-iomairt le Bòrd na Gàidhlig, Oilthigh Shrath Chluaidh agus Ionnsachadh agus Teagasg Alba gus taic a dhealbh airson Gàidhlig ann an Windows Vista agus Office 2007. Bheir an leasachadh ùr seo cothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig bathar-bog Microsoft a chleachdadh sa chànan aca fhèin. *“Tha teicneòlas fiosrachaidh a cheart cho deatamach do leasachadh na Gàidhlig ‘s a tha e airson cànan sam bith anns an 21mh linn. Tha e deatamach gum faigh luchd-labhairt air a cleachdadh air a’ choimpiutair aca eadar gu bheil iad a’ cur air falbh post-dealain, a’ cur ri leabhar-latha no ag ullachadh sgrìobhainn poileasaidh. Tha am prògram seo a’ toirt cothrom dhaibh sin a dhèanamh sa Ghàidhlig. Bidh buaidh chudromach aige air luchd-ionnsachaidh mar shàr inneal foghlaim agus air daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig - anns an dachaigh, san àite-obrach no san sgoil.”*
- Thug an Stiùiriche Foghlaim, Rosemary Ward seachad a’ chiad phrìomh òraid aig Co-labhairt Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd, ann an Glaschu sa Mhàrt 2007. *“Tha am Bòrd ag iarraidh a bhith a’ co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus co-obraichean ann am foghlam coimhearsnachd gus iomairtean ùra do dhaoine òga a chur air dòigh. Tro obair an com-pàirt ‘s dòcha gun cuir sinn stad air a’ chrìonadh anns na h-àireamhan de luchd-labhairt Gàidhlig, gun tòisich sinn a’ faicinn meudachadh ann am mothachadh air Gàidhlig agus gum faigh sinn an cothrom air a’ Ghàidhlig a chleachdadh nar beatha làitheil.”*
- B’ e Ionad Chaluum Chille Ìle, an t-ionad airson cànan agus dualchas na Gàidhlig san eilean, a’ chiad ionad a rinn deuchainn air dòigh ùr ionnsachaidh a chuidich miltean de dh’inbhich a’ tighinn gu fileantachd nan dàrna cànan. Tha an dòigh-obrach ùr airson Gàidhlig, *Ùlpan*, stèidhichte air *Wlpan* a tha fìor shoirbheachail agus na dhòigh luath air inbhich a thoirt gu fileantachd ann an Cuimris. Tha na 108 uair a thìde de chiad oideachadh a’ cur cudrom air drilichean cainnte, còmhraidhean agus gnìomhan òrdaichte a tha ag àrdachadh misneachd nan oileanach gu grad ann an còmhradh agus a’ stèidheachadh slighe shoilleir adhartais.
- Microsoft announced a joint venture with Bòrd na Gàidhlig, Strathclyde University and Learning and Teaching Scotland to develop support for Gaelic in Windows Vista and Office 2007. This new development will allow Gaelic speakers to use Microsoft software in their own language. “Information technology is crucial to the development of Gaelic as it is for any language in the 21st century. It’s vital that speakers can use it on their computer whether they’re sending an email, updating a diary or writing a policy document. This programme allows them to do so in Gaelic. This will have an important impact for learners as a first class education tool and for experienced Gaelic speakers - in the home, the work place or at school.”
- Rosemary Ward, delivered the key note address to the annual Community Learning & Development Conference held in Glasgow in March 2007. “The Bòrd is keen to work in collaboration with local authorities and community education colleagues to develop new initiatives for young people. Through partnership working we can stop the decline in the number of Gaelic speakers, begin to see an increase in Gaelic awareness and the opportunity to use Gaelic in our everyday lives.”
- Ionad Chaluum Chille Ìle, the centre for Gaelic language and heritage on Islay, became the first centre to trial a new learning method that has helped thousands of adults achieve second language fluency. Ùlpan, a new methodology for Gaelic, is based on the highly successful Wlpan, through which adults have quickly achieved fluency in Welsh. The 108 hours of initial instruction concentrates on structured verbal drills, dialogues and activities that immediately boost students’ confidence in speaking and gives a clear progression route.





- Bha Hugh Henry, Ministearan an Fhoghlaim aig an àm, còmhla ri oifigearan na Comhairle, sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' comharrachadh fosgladh oifigeil na sgoile ùire sa Ghearran 2007. Tha an sgoil, a' chiad tè den t-seòrsa ann an Alba, a' teagasg chloinne bho ro-5 gu ìre àrd-sgoile. Tha sgoilearan air an teagasg gu h-iomlan sa Ghàidhlig bho thri bliadhna a dh'aois anns an àrainneachd ro-sgoile gus am fàg iad aig 18. Tha cuspairean air an teagasg tro Ghàidhlig a' gabhail a-steach Matamataig, Eachdraidh, Cruinn-eòlas, PE, Dràma, Saidheans, Ceòl agus Ealain.

*“Tha seo na chomharra air mar a tha misneachd a’ sior fhàs ann an Gàidhlig agus anns a’ choimhearsnachd Ghàidhlig.*

*“Tha soirbheachadh foghlam tron Ghàidhlig agus a bhuannachdan airson daoine òga follaiseach dha na h-uile.*

*“Tha sinn an dòchas gur e seo a’ chiad sgoil de mhòran den t-seòrsa ann an Alba mar a tha Achd na Gàidhlig air a sgoileadh a-mach tarsainn na dùthcha. Tha sinn a’ moladh Comhairle Baile Ghlaschu airson an ceum seo a ghabhail agus taic ro mhath a thoirt do chànan agus cultar na Gàidhlig.”*

- Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba aithisg, *SQA Attainment and School Leaver Qualifications in Scotland 2005-06*, a tha a' sealltainn gun do choilean sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig sgòr cuibheasach cosgais na b' àirde na an comhaoisean. Anns an aon mhios dh'fhoillsich Ùghdarras Theisteanas na h-Alba diofar stuthan measaidh Gàidhlig airson clann aois 5-14 bliadhna.
- Bha an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig, a tha na pàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, air a foillseachadh le, Ministear na Turasachd, Cultair & Spòrs, sa Mhàrt 2007.





- The Education Minister joined Council officials, pupils, teachers and parents of Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Glasgow's Gaelic School, as they celebrated the official opening of the new school in February 2007. The first of its kind in Scotland, the school caters for children from pre-5 to secondary school. Pupils are taught entirely in Gaelic from the age of three in the pre-school setting until they leave school at 18. Subjects covered in Gaelic include Mathematics, History, Geography, PE, Drama, Science, Music and Art.

“This is a sign of the burgeoning confidence in Gaelic and the Gaelic community.

“The success of Gaelic medium education and its benefits to young people are there for all to see.

“We hope this will be the first of many such schools in Scotland as the Gaelic Language Act is rolled out across the country. We congratulate Glasgow City Council on taking this step and supporting the Gaelic language and culture so well.”

- The Scottish Executive published its report, *SQA Attainment and School Leaver Qualifications in Scotland 2005-06*, which demonstrates that pupils in Gaelic medium education attained a higher average tariff score than their non-Gaelic peers. In the same month the Scottish Qualifications Authority published a range of Gaelic assessment materials for 5-14 year olds.
- The National Gaelic Education Strategy, contained within the National Plan for Gaelic, was unveiled by the Minister for Culture, Tourism and Sport in March 2007.



planadh cànan  
language planning



# Planadh Cànanain

Tha prionnsapalan planadh cànanain a-nis air an cur an sàs gu làidir ann an leasachadh Gàidhlig le foillseachadh Plana Nàiseanta reachdail na Gàidhlig. 'S e am modail planadh cànanain a thathar a' leantainn am fear a tha air a chleachdadh gu fìor shoirbheachail le co-bhuidheann a' Bhùird, Bwrdd yr Iaith Gymraeg (Bòrd na Cuimris). Tha e a' cuimseachadh maoinachadh agus saothair air togail a' chànanain (ga thoirt seachad agus ga ionnsachadh), cleachdadh a' chànanain (ga chleachdadh nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean), inbhe a' chànanain (a' cur luach air agus ga fhaicinn agus ga chluinntinn) agus corpas a' chànanain (ga chuideachadh gabhail ri raointean agus gnothaichean ùra).

Chaidh comharrachadh nam prìomh phròiseactan aig na prionnsapalan seo a stèidheachadh an dèidh co-chomhairleachadh farsaing, a' gabhail gnothaich ris gach cuid a' choimhearsnachd Ghàidhlig, na diofar riochdan agus àiteachan, agus ri poball na h-Alba san fharsaingeachd. Thug sreath de choinneamhan air feadh bhailtean agus sgìrean dùthchail na h-Alba taic do phostachd dhìreach agus dàimh eadar-lìn a lean gu 200 freagairt mun dreachd Plana Nàiseanta, agus faisg air 50 mun dreachd Stiùiridh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig a bha na lùib. Chaidh aithisg neo-eisimeileach air a' cho-chomhairle fhoillseachadh air làrach-lìn a' Bhùird.

A bharrachd air a' cho-chomhairle phoblach, bha taisbeanaidhean agus còmhraidh air an dà dhreachd air an cumail ann am Pàrlamaid na h-Alba le Comataidh an Fhoghlaim agus Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig. A thuilleadh air an seo, chaidh coinneachadh ri cuid de na ciad ùghdarrasan poblach a bu dòcha fios fhaighinn mu riatanas reachdail air planaichean Gàidhlig ullachadh agus ri na prìomh bhuidhnean Gàidhlig. Ghabh seo a-steach seiminear a chùm am Bòrd ann an Talla Consairt Pheairt san Dùbhlachd. Thathar a' cumail choinneamhan agus taisbeanaidhean air builean agus buaidh nan sgrìobhainnean deireannach fhathast.

## Language Planning

The principles of language planning are now firmly embedded in Gaelic development with the publishing of the National Plan for Gaelic. The language planning model followed is that employed to great effect by the Bòrd's sister body Bwrdd yr Iaith Gymraeg, the Welsh Language Board. It focuses funding and activity on acquisition (passing on the language and learning it), usage (using it more often and in more situations), status (valuing it and seeing and hearing it) and corpus (helping it adapt to new roles and demands).

The identification of key projects for these principles was established following extensive consultation, engaging both with the Gaelic community in its various forms and locations, and with the wider Scottish society. A series of public meetings across rural and urban Scotland supported direct mailing and internet engagement to produce 200 responses to the draft National Plan, and almost 50 on the associated draft Guidance on the Development of Gaelic Language Plans. An independent report on the consultation has been published on the Bòrd website.

In addition to the public consultation, presentations and discussions on the two drafts were held with the Education Committee and the cross-party Group on Gaelic in the Scottish Parliament. Meetings were also held with some of the first public authorities likely to be notified of a statutory requirement to prepare Gaelic Language Plans and with the principle Gaelic bodies. This included a seminar hosted by the Bòrd at Perth Concert Hall in December. Meetings and presentations on the implications and impact of the finalised documents continue to be held.

Am measg nam miannan cudromach air an comharrachadh leis a' Phlana Nàiseanta tha stèidheachadh Acadamaidh Ghàidhlig airson tòiseachadh, co-òrdanachadh agus dearcnachadh air planadh corpais. Tha obair ullachaidh airson na h-iomairt brosnachail seo a' dol air adhart. Mar phàirt den seo bha com-pàirt aig a' Bhòrd ann am foillseachadh com-pàirteachas ioma-bhuidhneach AÀA (Ainmean-Àite na h-Alba / Gaelic Place-Names of Scotland) gus co-dhùnadh dè na riochdan ùghdarrasail a bhios aig ainmean-àite Gàidhlig, gu bitheanta air soidhnichean-rathaid dà-chànanach. Bha eòlas planadh cànan a' Bhùird air a chur gu feum cuideachd le AÀA gus stiùireadh ullachadh mu mhodh coitcheann airson ainmean-sràide Gàidhlig.

Taobh eile anns an deach toiseach tòiseachaidh a dhèanamh, b' e dealbh stoidhle Ghàidhlig as cubhaidh, fosgailte airson a cleachdadh san lionmhorachd de sgrìobhainnean foirmeil a thèid a foillseachadh san dà chànan anns na mìosan ri teachd, mar thoradh air na planaichean Gàidhlig, agus air soidhnichean airson oifisean agus ionadan malairt, gu suaicheanta do Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Homebase. B' iad stòran ùra Homebase san Òban agus ann an Grianraig eisimpleirean de chompanaidhean nàiseanta san earrann phrìobhaideach a' cur Gàidhlig a-steach do shoidhnichean agus seirbheisean luchd-cleachdaidh.

Fo Achd na Gàidhlig, tha e na uallach reachdail air Bòrd na Gàidhlig sùil a chumail air mar a tha Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no Mion-chànan ga chur an gnìomh ann an Alba a thaobh Gàidhlig na h-Alba agus fios a chumail ri Ministearan na h-Alba mu dheidhinn. Bha am Bòrd ga ullachadh fhèin airson togail air an dleastanas seo gu slàn ann an 2007. Chaidh a' Chairt aontachadh le Comhairle na h-Eòrpa ann an 1992, agus ann an 2001 ghabh Riaghaltas UK ri dleastanasan na Cairte do Ghàidhlig aig an ìre dìon agus adhartachaidh as àirde.



Among the important ambitions signposted by the National Plan is the establishment of a Gaelic Language Academy to initiate, co-ordinate and monitor corpus planning. Preparatory work for this exciting initiative is ongoing. As part of this there was Bòrd participation in the launch of the multi-agency partnership AÀA (Ainmean-Àite na h-Alba / Gaelic Place-Names of Scotland) to determine the authoritative forms of Gaelic place-names, typically for bilingual road signs. Bòrd language planning expertise was also engaged by AÀA in developing guidance for a standardised approach to Gaelic street names.

Another aspect in which initial progress was made was in developing an appropriate, accessible style of Gaelic for use in the many more formal documents which will be published bilingually in the months to come, thanks to the Gaelic language plans, and on signage for offices and retail property, notably for Scottish National Heritage and Homebase. The new Homebase stores in Oban and Greenock were welcome examples of national private sector companies incorporating Gaelic into signage and customer services.

Under the Gaelic Act, it is a statutory duty for Bòrd na Gàidhlig to monitor the implementation of the European Charter for Regional or Minority Languages in Scotland in respect of Gaelic and to report to Scottish Ministers on this. The Bòrd prepared to take this duty forward to full effect in 2007. The Charter was agreed by the Council of Europe in 1992, and in 2001 the UK Government adopted the requirements of the Charter for Gaelic at the highest level of protection and promotion.





Leasachadh  
development



# Leasachadh

B' e àm trang a bha seo leis a' Bhòrd a' leantainn air ag obair còmhla ri na Prìomh Bhuidhnean Gàidhlig, a' toirt cead airson còrr air £1.6 millean ann am maoinachadh gus solar sheirbheisean leasachaidh a chumail a' dol ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.

Tha an earrann-fhoillseachaidh Ghàidhlig air grunn dheagh leabhraichean ùra a chur air bhog. Tha Comhairle nan Leabhraichean, tro Ùr-Sgeul, air a liosta thiotalan ro mholte a leudachadh an dà chuid ann an cruth pàipeir agus claisneachd agus lean Acair air le a prògram fhoillseachaidhean le tiotalan ùra ann an diofar ghnèithean.

Tha sgrìobhadh agus foillseachadh Gàidhlig na phrìomh phàirt de leasachadh cànan agus gus seo a choileanadh bha buidheann obrach air a stèidheachadh airson coimhead ri feumalachdan na h-earrainn san àm ri teachd agus ris a' chomas airson atharrachaidh. Bha am buidheann air a dhèanamh suas de bhuill bho Chomhairle nan Leabhraichean, Acair agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Bha an earrann-fhoillseachaidh neo-eisimeileach air a riochdachadh anns a' bhuidheann cuideachd le FASA, Foillsichearan agus Sgrìobhadairean na h-Alba. Dh'fhoillsich am buidheann ais-eòlas agus molaidhean san Dàmhair 2006. Tha dòigh cho-òrdanaichte airson meudachadh air foillseachadh litreachas na Gàidhlig na pàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Chaidh co-chomhairle a chumail cuideachd air feumalachdan dràma Gàidhlig san àm ri teachd, a' crìochnachadh le co-labhairt aig an robh mòran an làthair ann an Inbhir Nis sa Chèitean 2006. B' e prìomh thoradh na co-chomhairle buidheann-obrach a stèidheachadh leis an dleastanas a bhith a' toirt air adhart plana gnothaich airson dràma Gàidhlig. Chùm dràma sa choimhearsnachd do dh'òigridh ann an Inbhir Nis, san Eilean Sgitheanaich agus Loch Aillse, agus ann an Loch Abar a' dol fo sgèith Taigh-cluiche Eden Court, Fèisean nan Gàidheal agus Tosg.

Thadhail Meanbh-Chuileag, companaidh dràma ann am foghlam air a ruith le Fèisean nan Gàidheal, air sgoiltean air timcheall na h-Alba a' toirt dràma gu àireamh mhòr de dhaoine òga a tha a' bruidhinn no ag ionnsachadh Gàidhlig.

Chùm An Lochran, am buidheann-follaiseachd ealain Gàidhlig stèidhte ann an Glaschu, a' dol le prògram brosnachail de dh'obair cultair agus ealain. Rinn An Lòchran ceangal ris an Citizens Theatre airson an dealbh-chluich Ghàidhlig 'Chan eil V anns a' Ghàidhlig' a choimiseanadh, a riochdachadh agus a chur air an àrd-ùrlar agus chùm iad a' dol leis a' phrògram fhèillmhor de thachartasan air an anmoch 'Ceòl is Craic'.

## Development

The Bòrd continued to work with our partner Gaelic bodies, approving over £1.6million in funding to maintain development service provision in communities across Scotland.

The Gaelic publishing sector launched a number of high quality new books. The Gaelic Books Council, through Ùr-Sgeul, extended its much acclaimed list of titles in both paper and audio formats and Acair continued its programme of publications with new titles in a variety of genres.

Gaelic writing and publishing is a key element of language development and to this end a working group was established to look at the future needs of the sector and the potential for change. The group drew its membership from Comhairle nan Leabhraichean, Acair and Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. The independent publishing sector was also represented on the group by the writers and publishers association FASA. The group published feedback and recommendations in October 2006. A co-ordinated approach to increase the publication of Gaelic literature is a feature of the National Plan for Gaelic.

A consultation was also undertaken into the future needs of Gaelic drama, culminating in a well attended seminar in Inverness on May 2006. The main output from the consultation was the setting up of a working group with a remit to bring forward a business plan for Gaelic drama. Drama outreach to young people in Inverness, Skye and Lochalsh, and Lochaber continued under the auspices of Eden Court Theatre, Fèisean na Gàidheal and Tosg.

Meanbh-chuileag, a theatre in education company managed by Fèisean an Gàidheal, visited schools throughout Scotland bringing the magic of theatre to a large number of young Gaelic speakers and learners.

An Lòchran, the Glasgow based Gaelic arts promotion agency continued with an inspirational programme of culture and arts activity. An Lòchran linked up with the Citizens Theatre to commission, produce and stage a well received production of the Gaelic play 'There's no V in Gaelic' and continued with the popular 'Ceòl is Craic' evening event programme.



Fhuair an earrann chultarach cuideachadh eile le tòiseachadh Bliadhna Cultar na Gàidhealtachd 2007. Fhuair an fhèill seo fosgladh sònraichte math ann an Inbhir Nis air 12mh Faoilleach. B' e pàirt den tachartas, seinn air leth bho Chòisir Ghàidhlig Inbhir Nis air an raon a-muigh. Thug Bòrd na Gàidhlig, ball cùmhnaint de Ghàidhealtachd 2007, taic do thaisbeanadh-rathaid pan-Ghàidhealach ag amas air mothachadh air cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann an tachartasan 2007 àrdachadh.

Faisg air deireadh 2006, ràinig an Opara Ghàidhlig ùr-ghnàthach, ro mholte an ìre riochdachaidh. Bha Hiort, air a stiùireadh le Pròiseact nan Ealan agus stèidhte air beatha coimhearsnachd Hiort, air ullachadh airson a thaisbeanadh ann an còig dùthchannan air feadh na Roinn Eòrpa.

Chùm taisbeanadh ro mholte an Leabhair Mhòir a' dol leis an turas aige ann an Èirinn, Astràilia agus an Fhraing. Nas fhaisge air an dachaigh, bha Pròiseact nan Sgeulachdan a' còrdadh a cheart cho math ri daoine le prògram de chruinneachaidhean sna coimhearsnachdan agus tadhal air sgoiltean.

Dh'fhoillsich an com-pàirteachas leasachaidh ealain Gàidhlig GASD, ag obair an com-pàirt le Pròiseact nan Ealan agus Oilthigh Chailleannach Ghlaschu, toraidhean sgrùdadh mòr mu chom-pàirteachadh anns na h-ealain le daoine a tha a' fuireach anns na h-eileanan an Iar agus anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. Ghabh an sgrùdadh a-steach earrann mhionaideach mu na ceanglaichean a thathar a' faicinn eadar na h-ealain Ghàidhlig agus ionnsachadh cànan.

Bha cothrom air Gàidhlig aig coinneamhan poblach air a neartachadh le solar dà sheata uidheam eadar-theangachaidh. Tha uidheam eadar-theangachaidh a-nis ri faighinn ann an Steòrnabhagh, Beinn na Fadhlà, Barraigh, an t-Eilean Sgitheanach, Ìle, Inbhir Nis, Glaschu agus Dùn Èideann. Tha trèanadh bunaiteach ann an cleachdadh na h-uidheim air a cho-òrdanachadh le Comunn na Gàidhlig.

Mar a bhios barrachd bhuidhnean a' tòiseachadh a' cruthachadh Planaichean Gàidhlig thathar a' sùileachadh gum meudaich an t-iarrtas airson eadar-theangairean Gàidhlig. Ann an oidhirp a bhith a' coinneachadh ris an iarrtas sin tha am Bòrd air feum a chur air seirbheisean Cholaisde a' Chaisteil gus siostam nàiseanta barrantachaidh agus cùrsa trèanaidh eadar-theangairean sgrìobhaidh is labhairt Gàidhlig a dhealbh.

The cultural sector received a further boost with the launch of the Year of Highland Culture 2007. This festival opened with a spectacular launch in Inverness on the 12th of January. The event featured a memorable open air performance by the Inverness Gaelic Choir. Bòrd na Gàidhlig, a concordat member of Highland 2007, supported a pan-Highland road-show aimed at raising awareness of opportunities for Gaelic to be used in 2007 events.

Towards the end of 2006, the groundbreaking and critically acclaimed Gaelic Opera entered its production phase. Hiort, led by Pròiseact nan Ealan and based on the life and times of the island community of St Kilda, was prepared for performance in five countries across Europe.

An Leabhar Mòr exhibition continued its highly acclaimed tour of Ireland, Australia and France attracting positive reviews. Closer to home, the Storytelling Project maintained its popularity with a programme of community gatherings and school visits.

The Gaelic arts development partnership GASD, working in partnership with Pròiseact nan Ealan and Glasgow Caledonian University, published the findings of an extensive survey into participation in the arts by residents of the Western Isles and Skye and Lochalsh. The survey incorporated a detailed section on perceived linkages between the Gaelic arts and language uptake.

Access to Gaelic at public meetings was strengthened with the provision of two additional sets of translation equipment. Translation equipment is now available for use in Stornoway, Benbecula, Barra, Skye, Islay, Inverness, Glasgow and Edinburgh. Basic training in the use of the equipment is co-ordinated by Comunn na Gàidhlig.

As more organisations embark on the creation of Gaelic Language Plans it is envisaged that the demand for Gaelic translators will increase. In an effort to meet such demand the Bòrd has enlisted the services of Lews Castle College to develop a national accreditation system and training course for Gaelic translators and interpreters.

Air feadh na bliadhna, chaidh iomadh seòrsa cothruim a thoirt do chloinn agus do dhaoine òga gnothaich a ghabhail ri cànan agus cultar na Gàidhlig. Thug an lionra òigridh Sradagan cothrom do dhaoine òga air 23 club timcheall na h-Alba. Am measg chur-seachadan eile bha Campaichean Sradagan ann an Siorrachd Rois, turas gu Pàrlamaid na h-Alba agus campa dheugairean ann an Tiriodh. Lean Fèisean na Gàidheal air a' cumail taic agus cuideachadh, tro sheirbheisean a sgioba poileasaidh Gàidhlig, ri cleachdadh na Gàidhlig aig na Fèisean le goireasan ùra trèanadh Gàidhlig.

Chaidh Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha a' Mhaoine ag amas gu sònraichte air cuideachadh a thoirt do bhuidhnean poblach ag ullachadh agus a' cur an gnìomh Planaichean Gàidhlig. Ghabh tagraidhean soirbheachail chun na Maoine a-steach tabhartas iomlan de £748,792 airson iomadh seòrsa iomairt air a stiùireadh le Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Chaidh £200,000 eile a thoirt do dh'Urras Nàiseanta na h-Alba airson meudachadh air an ìre de Ghàidhlig taobh a-staigh an taisbeanaidh mhìneachaidh aig an Ionad ùr Tadhal aig Cùil Lodair. B' iad buidhnean eile a fhuair maoinachadh, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, £173,945, airson leasachadh Gàidhlig ann an soidhnichean agus seirbheisean agus Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna, £8,799, airson pròiseactan ullachaidh an lùib Plana Gàidhlig a' bhuidhinn.

A' coimhead air adhart, thathar a' sùileachadh gum bi bho seo a-mach prògraman leasachaidh Gàidhlig air an dèanamh an co-rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Bheir an leasachadh seo cothroman nas fheàrr don roinn airson obair an com-pàirt agus dòigh nas èifeachdaiche airson co-òrdanachadh agus riarachadh stòrais.



Throughout the year children and young people were presented with a wide range of opportunities to engage with Gaelic language and culture. The Sradagan youth network provided young people with access to 23 clubs across Scotland. Other activities included Sradagan Camps in Ross-shire, a trip to the Scottish Parliament and a teenagers camp in Tìree. Fèisean na Gàidheal, through the services of its Gaelic policy team, continued to support and facilitate the use of Gaelic at the Fèisean using newly developed Gaelic training resources.

The Gaelic Language Act Implementation Fund, was established by the Scottish Executive. The fund is primarily aimed at assisting public bodies to develop and implement Gaelic Language Plans. Successful bids to the Fund included a total award of £748,792 towards a wide range of initiatives led by Argyll and Bute Council, Comhairle nan Eilean Siar, Highland Council and Highlands and Islands Enterprise. A further £200,000 was awarded to The National Trust for Scotland to increase the level of Gaelic within the interpretative installation at the new Culloden Visitor Centre. Also receiving funds were Caledonian MacBrayne, £173,945, for the enhancement of Gaelic in signage and services, and UHI Millennium Institute, £8,799, towards preparatory projects relating to the organisation's Gaelic Language Plan.

Looking ahead, future Gaelic development programmes will be undertaken in accordance with the National Plan for Gaelic. This will provide the sector with improved opportunities for partnership working and a more effective means for the co-ordination and deployment of resources.





## Nithean Sònraichte

- Tobar an Dualchais / Kist o' Riches
  - Pròiseact tasgaidh air ath-thòiseachadh san Dàmhair 2006 le, Ministear na Turasachd, Cultair & Spòrs.
  - Tha luchd-obrach a-nis air am fastadh agus air tòiseachadh ag obair ann an oifisean Thobar an Dualchais san Eilean Sgitheanach, Uibhist a Deas, agus Dùn Èideann agus ag obair aig an taigh.
- Comunn na Gàidhlig
  - Chaidh 28 ceumnaiche a chur air greis-gnìomhachais aig 20 buidheann; chaidh 4 oileanaich fhadadh a dh'obair air a' phròiseact aig Comunn na Gàidhlig 'Cleachd i', agus chaidh 10 oileanaich eile fhadadh air pròiseactan eile.
  - A thuilleadh air Sgeama nan Soidhnichean Dà-chànanach, tha Comunn na Gàidhlig air pasgain fiosrachaidh an-asgaidh a chruthachadh le soidhnichean dà-chànanach airson an àite obrach.
- Colaisde a' Chaisteil
  - Bha dà sgoil-shamhraidh shoirbheachail aca ann an Nis agus Steòrnabhagh, Leòdhas a thug cothrom do luchd-ionnsachaidh an sgilean cànanais leasachadh, a choinneachadh ri luchd-labhairt sa choimhearsnachd Ghàidhlig, agus ionnsachadh mu dhualchas an àite.
- Fèisean nan Gàidheal
  - Pròiseact dràma soirbheachail air a choileanadh ann an sgoiltean ann an Leòdhas agus na Hearadh, le 72 de chloinn ann an 6 sgoiltean a' gabhail pàirt agus a' crìochnachadh ann am feasgar de dhealbhan-cluich anns an Lanntair, Steòrnabhagh.
  - Chùm an fhèill Blas 2006 43 tachartas ann an 38 àite air a' Ghàidhealtachd. Bha còrr air 5,000 duine an làthair aig na tachartasan. Bha an stuth sanasachd uile dà-chànanach agus bha Gàidhlig air a h-adhartachadh gu math tron phrògram thachartasan.

## Highlights

- Tobar an Dualchais / Kist o' Riches
  - Archiving project launched in October 2006 by the Minister for Tourism, Culture & Sport.
  - Staff have now been employed and are working in Tobar an Dualchais offices in the Isle of Skye, South Uist, Edinburgh and from home.
- Comunn na Gàidhlig
  - 28 students were placed on student work placements in 20 organisations; 4 students were employed to work on Comunn na Gàidhlig's 'Cleachd i' project, and a further 10 students were employed on other projects.
  - In addition to the Bilingual Signs Scheme, Comunn na Gàidhlig have created free information packs with bilingual signage for the workplace.
- Lews Castle College
  - Two successful summer schools in Ness and Stornoway, Isle of Lewis for learners to improve their language skills, meet members of the Gaelic-speaking community and learn about the heritage of the area.
- Fèisean nan Gàidheal
  - Successful drama project completed in schools in Lewis and Harris, with 72 children in six schools taking part and culminating in an evening of performances in An Lanntair, Stornoway.
  - Blas Festival 2006 held 43 events in 38 Highland venues. Over 5,000 people attended the events. All advertising material was bilingual and Gaelic was well promoted throughout the programme of events.

- Fhuair Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid maoinachadh airson cùrsaichean ag àrdachadh mothachadh luchd-obrach air a' Ghàidhlig, clasaichean seinn sa Ghàidhlig do chloinn foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam tron Bheurla agus bùthan obrach cruthachail le cloinn sa bhun-sgoil a' cleachdadh teansa Gàidhlig airson ceòl ùr a chruthachadh.
- Am measg phròiseactan eile, fhuair Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) maoinachadh airson luchd-obrach a chur air a' chùrsa Mothachadh air Gàidhlig aig Clì Gàidhlig agus sgrùdadh sgilean Gàidhlig a dhèanamh air luchd-obrach HIE a bhios na bhunait airson leasachadh air sgilean luchd-obrach san àm ri teachd.
- Chaidh maoinachadh a thoirt do dh'Institiùd OGE nam Mile Bliadhna gus uidheam eadar-theangachaidh a cheannach airson na h-Oifis Stiùiridh agus airson goireas claisneach Gàidhlig anns an lioft. Rinn buill de luchd-obrach na h-Oifis Stiùiridh trèanadh cuideachd gus am mothachadh air Gàidhlig a mheudachadh agus an sgilean cànan a leasachadh.
- Chaidh aontachadh maoinachadh a thoirt do Chaledonian Mac a' Bhriuthainn airson leasachadh air mìrean dà-chànanach na làraich-lìn aca, fiosrachadh do luchd-cleachdaidh agus stuthan margaideachd dà-chànanach, aithrisean poblach agus soidhnichean dà-chànanach ann an diofar shoithichean, phuirt agus oifisean cidhe.
- Chaidh £200,000 a thoirt do dh'Urras Nàiseanta na h-Alba airson a chur ri gnìomhachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an Ionad Tadhaill Blàr Chùil Lodair. Ghabh seo a-steach rudan lèir-chlaisneach Gàidhlig taobh a-staigh an Ionaid, iùl-GPS mun bhàr agus CD claisneach an cois an leabhair-iùil Ghàidhlig.
- Chaidh maoinachadh a thoirt do dh'Aonadh Nàiseanta an Luchd-naidheachd NUJ airson cùrsa air-loidhne Sgilean Sgrìobhaidh Gàidhlig a dheasachadh airson duine sam bith a bhios a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig.
- A' togail air an dearbhair-litreachaidh Ghàidhlig, An Dearbhair, chaidh maoinachadh a thoirt do dh'Iomairt nan Cànan Eòrpach TELI gus co-fhaclair Gàidhlig a chur ri chèile.
- Lean Cànan air a' leasachadh Air Splaoid!, iomairt cànan air-loidhne a tha na prìomh phròiseact ann an Gàidhealtachd 2007, is i ag àrdachadh mothachadh air Gàidhlig agus a' toirt cothrom do chloinn, do dheugairean agus do dh'inbhich air feadh an t-saoghail Gàidhlig ionnsachadh ann am Bliadhna Cultar na Gàidhealtachd.

- Argyll & Bute Council received funding for courses raising staff awareness of Gaelic, Gaelic singing classes for Gaelic-medium and English-medium schoolchildren and creative workshops with primary school children using Gaelic text to compose new music.
- Amongst other projects, Highlands and Islands Enterprise (HIE) received funding for staff to attend Clì Gàidhlig's Gaelic Awareness course and to undertake a Gaelic skills audit of HIE staff which will form the basis of future development of staff skills.
- The UHI Millennium Institute was awarded funding to purchase translation equipment for the Executive Office and for a Gaelic audio facility in the lift. Members of the Executive Office staff also undertook training to increase their awareness of Gaelic and to improve their language skills.
- Caledonian MacBrayne won funding to develop bilingual elements of its website, bilingual customer information and marketing materials, public announcements and bilingual signage in a selection of vessels, ports and pier offices.
- The National Trust for Scotland was awarded £200,000 towards implementing the use of Gaelic in the Culloden Battlefield Visitor Centre. This included Gaelic audio visual elements within the Centre, a GPS-based guide to the battlefield and an audio CD accompanying the Gaelic guidebook.
- The National Union of Journalists was awarded funding to develop an online Gaelic Writing Skills course relevant to anyone writing in the Gaelic language.
- Building on the Gaelic spell-checker, An Dearbhair, The European Language Initiative was awarded funding to develop a thesaurus for Gaelic
- A key project of Highland 2007, Cànan developed the Air Splaoid! online language initiative, to raise awareness of Gaelic and give children, teenagers and adults worldwide the opportunity to learn Gaelic during the Year of Highland Culture.



# Liosta Luchd-obrach Giblean 2006-Màrt 2007

Ailean Caimbeul – Ceannard

Sìne NicCoinnich – Neach-taic Pearsanta

Criosaidh NicRath – Oifigear Planadh Cànan

Theresa NicAmhlaigh – Rùnaire Ionmhas

Ailig Greumach – Stiùiriche Ionmhas is Rianachd

Dòmhnall MacGilleMhòire – Stiùiriche Leasachaidh

Peadar Morgan - Stiùiriche Planadh Cànan

Eilidh NicIain – Oifigear Thabhartasan

Angela NicIlleBhràigh – Oifigear Trusaidh Luchd-Teagaisg Gàidhlig

Sheila Davies – Neach-rianachd

Annchris NicIlleathain – Rùnaire

Màrtainn Osler – Manaidsear Dàimh poblach is Margaideachd

Rosemary Nic a' Bharrd – Stiùiriche Foghlam

Catriona NicGriogair – Neach taic Pearsanta

Janice NicLeòid - Rùnaire

## Staff List April 2006 - March 2007

Allan Campbell - Chief Executive

Sine MacKenzie – PA

Chrissie MacRae – Language Plans Officer

Theresa MacAulay – Finance Secretary

Alex Graham – Finance and Administration Manager

Donald Morrison – Development Manager

Peadar Morgan – Language Planning Manager

Eilidh Johnson – Grants Officer

Angela MacGillivray – Gaelic Teacher Recruitment Officer

Sheila Davies – Administrator

Annchris Maclean – Secretary

Martin Osler - PR and Marketing Manager

Rosemary Ward – Education Manager

Catriona MacGregor - PA

Janice MacLeod - Secretary

# Buill a' Bhùird Giblean 2006-Màrt 2007

Mata MacIomhair. Cathraiche. Dùn Èideann Neach-clàraidh  
Chomhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba.

Art MacCarraig. Ball. Port Rìgh. Ceannard Fèisean nan Gàidheal.

Rob Dunbar. Ball. Dùn Èideann. Neach Teagaisg Lagha agus  
Ceiltis, Oilthigh Obar Dheathain.

Alasdair MacLeòid. Ball. Leòdhas, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig  
le Comhairle nan Eilean Siar.

Anna NicSuain. Ball. Leòdhas. Oifigear Leasachaidh Gàidhlig aig  
Colaisde a' Chaisteil.

Dr. Micheal Foxley. Ball. Comhairliche air Comhairle na  
Gàidhealtachd.

Faye NicLeòid. Ball. Port Rìgh. Cunntasair Clàraichte.

Iain Aonghas MacAoidh. Ball. Leòdhas. Cathraiche NHS Eileanan  
Siar.

## Bòrd Members April 2006- March 2007

Matthew MacIver, Chair. Edinburgh. Chief Executive of the  
General Teaching Council for Scotland.

Arthur Cormack. Member. Portree. Chief Executive of  
Fèisean nan Gàidheal.

Rob Dunbar, Member. Edinburgh. Reader in Law and Celtic,  
University of Aberdeen.

Alasdair MacLeod. Member. Isle of Lewis. Gaelic Policy  
Officer with Comhairle nan Eilean Siar.

Annie MacSween. Member. Isle of Lewis. Gaelic  
Development Officer at Lews Castle College.

Dr. Michael Foxley. Member. Councillor on The Highland  
Council.

Faye MacLeod. Member. Portree. Chartered Accountant.

John Angus MacKay. Member. Isle of Lewis. Chair of NHS  
Western Isles.

# Aithisg agus Cunntasan

Aithisg agus Cunntasan  
Airson na Bliadhna gu 31 Màrt 2007

## Clàr-innse

<b>2</b> 37	Aithisg Buill a' Bhùird	<b>4</b> 39	Buill a' Bhùird
<b>2</b> 37	Cùl-fhiosrachadh Reachdail	<b>4</b> 39	An Sgioba Stiùiridh
<b>2</b> 37	Prìomh Thachartasan	<b>4</b> 39	Comataidhean a' Bhùird
<b>2</b> 37	Coileanadh Ionmhasail	<b>5</b> 40	Aithisg air Tuarastal
<b>3</b> 38	Seilbh Calpa sa Bhliadhna	<b>6</b> 41	Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail
<b>3</b> 38	Gibhtean agus Tiodhlacan Carthannais	<b>7</b> 42	Aithris air In-smachd
<b>3</b> 38	Call, Pàighidhean Sònraichte agus Dubhadh Às	<b>9</b> 44	Aithisg an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach
<b>3</b> 38	Poileasaidh Pàigheadh Sholaraichean	<b>11</b> 46	Aithris Teachd-a-steach agus Cosgais
<b>3</b> 38	Aonadh Airgid na h-Eòrpa	<b>12</b> 47	Cothromachadh
<b>3</b> 38	Suidheachadh Luchd-sgrùdaidh	<b>13</b> 48	Aithris an t-Sruth Airgid
<b>3</b> 38	Riaghladh Corporra	<b>14</b> 49	Fiosrachadh mu na h-Aithrisean Ionmhais
<b>4</b> 39	Modhan Strì eadar Com-pàirtean	<b>27</b> 62	Stiùireadh Chunntasan

## AITHISG BUILL A' BHÙIRD

Tha Bòrd na Gàidhlig a' taisbeanadh aithisg bhliadhnail agus a chunntasan airson na bliadhna bho 3 Giblean 2006 gu 31 Màrt 2007. Chaidh na cunntasan a dheasachadh ann an cruth air a stiùireadh le Ministearan na h-Alba a rèir Earrann 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

## CÙL-FHIOSRACHADH REACHDAIL

Bha Bòrd na Gàidhlig air a stèidheachadh agus tha e air a riaghladh sa mhòr-chuid le na h-earrannan iomchaidh de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("an Achd"). Thòisich am Bòrd a thaobh na h-Achd air 13 Gearran 2006, agus ghabh e os làimh maoin agus fiachan a' bhuidhinn a bha ann roimhe, Bòrd na Gàidhlig (Alba) Earranta, air 3 Giblean 2006. Chaidh cunntas a thoirt air a h-uile gnothach ionmhasail ann an aithrisean ionmhais a' bhuidhinn a bha ann roimhe suas chun a' chinn-là sin.

## PRÌOMH THACHARTASAN

'S iad prìomh thachartasan Bòrd na Gàidhlig:

- (a) adhartachadh, gus cuideachadh le adhartachadh—
  - (i) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus
  - (ii) foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,
- (b) comhairle a thoirt (ma thèid iarraidh no ma chithear iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a' coileanadh gnìomhan poblach mu chùisean a bhuineas don Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,
- (c) comhairle a thoirt seachad (ma thèid iarraidh) do dhaoine eile mu chùisean a bhuineas don Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(d) cumail sùil, agus toirt cunntas do Mhinistearan na h-Alba, air gnìomhachadh Cairt Eòrpach nam Mion-chànanan leis a' cheann-là 5 Samhain 1992 an co cheangal ri Gàidhlig.

Tha na gnìomhan air am buileachadh air a' Bhòrd leis an Achd rin coileanadh le sùil ri inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil a' dleasadh spèis a tha cho-ionann ri Beurla ann an Alba tro—

- 1) an àireamh de dhaoine a tha comasach air a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn a mheudachadh
- 2) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus
- 3) cuideachadh le bhith a' toirt cothrom do dhaoine, an Alba agus àiteachan eile, air a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig.

## COILEANADH IONMHASAIL

### *Geàrr-chunntas air a' Bhliadhna*

Bha easbhaidh de £16,390 aig Bòrd na Gàidhlig airson na bliadhna. 'S e seo an t-eadar-dhealachadh sa chòrr cosgais os cionn teachd-a-steach airson na bliadhna de £4,455,390 mar a tha air a shealltainn anns an Aithris Teachd-a-steach agus Cosgais agus a' mhaoinachadh a fhuair a' bhòrd Riaghaltas na h-Alba (SE) £4,439,000.

Tha an lùl Aithris Ionmhasail (FRem 2006/7) air a chur a-mach le Roinn an Ionmhais a' mìneachadh cruth ar n-aithrisean bliadhnail. Thàinig atharrachadh mòr ann an cruth na h-aithris teachd-a-steach agus cosgais mar thoradh air atharrachaidhean ri làimhseachadh teachd-a-steach ann an 2006/7. Tha an t-atharrachadh seo a' coimhead Tabhartas-taice ("GIA") air a ghabhail a-steach anns a' Chùl-stòr Teachd-a-steach agus Cosgais anns a' chothromachadh an àite a bhith air a chur san Aithris

Teachd-a-steach agus Cosgais airson na bliadhna. Tha a h-uile teachd-a-steach agus a h-uile cosgais eile air a ghabhail a-steach anns an Aithris Teachd-a-steach agus Cosgais. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an Aithris Teachd-a-steach agus Cosgais a' sealltainn easbhaidh a tha air a ghluasad don Chùl-stòr Teachd-a-steach agus Cosgais agus a tha co-ionann ri GIA air a chumail an sin.

Bha na prìomh chosgaisean obrachaidh a thàinig oirnn rè na bliadhna co-cheangailte ri Prìomh Buidhnean Gàidhlig (£1.6m), Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig (£1.14m), Tabhartasan (£0.6m), agus deasachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig (£0.09m).

Ghabh cosgaisean eile a-steach duaisean Buill a' Bhùird (£0.06m), Cosgaisean Luchd-obrach (£0.5m) agus Cosgaisean Ruith na h-Oifis (£0.2m). Bha cosgaisean isleachaidh anns a' bhliadhna aig £0.03m.

Tha an cothromachadh a' sealltainn maoin lom de £0.18m. Tha seo air adhbharachadh gu h-àraidh leis a' mhaoin air a thoirt air adhart bho Bhòrd na Gàidhlig (Alba) Earranta, am buidheann a bha ann roimhe.

### *Maoineachadh*

Rè na bliadhna seo tha Roinn an Ionmhais air iarraidh air buidhnean poblach neo-roinneil tabhartas ann an GIA a shealltainn mar ionmhasachadh teachd-a-steach a tha air a thoirt dìreach gu Cùl-stòran Teachd-a-steach agus Cosgais anns a' chothromachadh. B' e an GIA a chaidh a shònrachadh airson na bliadhna £4,439,000. Bha an suim iomlan a chaidh a shònrachadh air a thoirt sìos ann an airgead rè na bliadhna.



### **Targaidean na Roinn Sponsaireachd**

Thathar a' sùileachadh gum bi Bòrd na Gàidhlig a' riaghladh a bhuidseit, a' gabhail a-steach GIA agus teachd-a-steach eile, a rèir a' Mheòrachain Ionmhasail agus Leabhar-làimhe Ionmhasail Phoblaich an Alba. Thathar a' sùileachadh gun dèan Bòrd na Gàidhlig cinnteach, bliadhna an dèidh bliadhna, gum bi an teachd-a-steach bho Thabhartasan-taice co-ionann ri cosgais.

### **Glusadan**

'S e seo a' chiad àm chunntasan airson Bòrd na Gàidhlig, agus mar sin chan eil glusad sam bith ri aithris.

### **Àm ri Teachd**

Bha Plana Nàiseanta na Gàidhlig air fhoillseachadh sa Mhàrt 2007, agus bha Stiùireadh airson Deasachadh Planaichean Cànaidh Bhuidhnean Poblach air a chur a-mach san Ògmhios 2007. Tòisichidh gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann an 2007-08, agus tha na Planaichean Gàidhlig gan deasachadh le 6 buidhnean poblach. Bidh tuilleadh fhiosan ag iarraidh planaichean a dheasachadh air an cur a-mach ann an 2007-08.

Mar Bhuidheann Poblach Neo-roinneil tha Bòrd na Gàidhlig a' sùileachadh gun cùm a roinn sponsaireachd, Buidheann-stiùiridh na Roinn Eòrpa, Chùisean Taobh a-muigh agus a' Chultair aig Riaghaltas na h-Alba, suas an ìre taic a tha ann an-dràsta, agus gun aontaich Ministearan atharrachaidhean a chaidh am moladh ri sgeamaichean dhuaisean.

Thathar a' sùileachadh gum bi Bòrd na Gàidhlig, mar a h-uile buidheann riaghaltais eile, a' libhrigeadh feabhas luach agus a' cur ri targaidean èifeachdach an riaghaltais. Thathar a' sùileachadh gum bi tuilleadh thargaidean air an suidheachadh tro na bliadhnan ionmhasail ri thighinn. Tha am Bòrd air tòiseachadh air

sgrùdaidhean gus sàbhalaichean èifeachdais a chomharrachadh agus tha e cuideachd ag obair an com-pàirt le buidhnean riaghaltais eile gus fuasglaidhean fhaighinn airson togalaichean agus seirbheisean taice a cho-roinn ann an oifis Inbhir Nis. Tha e cuideachd ag obrachadh gus co-obrachadh agus co-roinn fiosrachaidh a chur air dòigh ann an raointean obrachaidh ma bhios e iomchaidh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' sùileachadh taic leantainneach airson airgead calpa bho Riaghaltas na h-Alba far an ullaich e cùis gnìomhachais làidir.

### **AIRGEAD CALPA SA BHLIADHNA**

Chuir Bòrd na Gàidhlig an seilbh £13,517 ann am maoin stèidhichte rè na bliadhna. B' iad na prìomh nithean a chaidh a chur ris sa bhliadhna:

Uidheamachd Oifis £ 2,324

Uidheamachd Coimpiutair £11,193

### **GIBHTEAN AGUS TIODHLACAN CARTHANNAIS**

Cha robh gibhtean no tiodhlacan carthannais air an toirt do Bhòrd na Gàidhlig airson na bliadhna.

### **CALL, PÀIGHIDHEAN SÒNRAICHTE AGUS DUBHADH ÀS**

Cha robh call, pàighidhean sònraichte, no dubhadh às sam bith anns a' bhliadhna.

### **POILEASAIDH PÀIGHEADH SHOLARAICHEAN**

Tha Bòrd na Gàidhlig a' coinneachadh ri na riatanasan air an òrdachadh le Riaghaltas a thaobh pàighidhean do chompanaidhean beaga. 'S e poileasaidh Bòrd na Gàidhlig a h-uile solaraiche a phàigheadh 30 làithean obrach air a' char as fhaide bho gheibhear cunntas a rèir a phoileasaidh, a tha air a dhèanamh aithnichte don luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ri pàighidhean do sholaraichean agus air innse do sholaraichean ma dh'iarraas iad e.

### **AONADH AIRGID NA H-EÒRPA**

Aig an àm seo tha siostam ionmhasail Bòrd na Gàidhlig comasach air obrachadh ma thèid airgead coitcheann a thoirt a-steach mar riatanas de reachdas Aonadh Airgid na h-Eòrpa.

### **SUIDHEACHADH LUCHD-SGRÙDAIDH**

Fo Achd an Ionmhasail Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000, tha luchd-sgrùdadh Bòrd na Gàidhlig air an suidheachadh leis an Àrd-neach-sgrùdadh agus bha Sgrùdadh Alba air a chomharrachadh mar às-sgrùdaichean Bòrd na Gàidhlig airson nam bliadhnan ionmhasail a' dùnadh 2007 - 2011.

Stephen O'Hagan CPFA  
Sgrùdadh Alba  
7th Floor  
Plaza Tower  
Cill-bhrìghde an Ear  
G74 1LW

Fhuair an luchd-sgrùdadh tuarastal de shuim £11,300 a thaobh seirbheisean sgrùdadh reachdail airson na bliadhna ionmhasail 2006-07.

### **Nochdadh fiosrachaidh do luchd-sgrùdadh**

Mar an t-Oifigear Cunntachail, cho fad 's a tha fios agam, chan eil fiosrachadh iomchaidh mun sgrùdadh nach eil aithnichte do luchd-sgrùdadh a' Bhùird. Ghabh mi gach ceum reusanta a bu chòir dhomh gus eòlas fhaighinn air fiosrachadh iomchaidh sam bith mun sgrùdadh agus gus daingneachadh gu bheil luchd-sgrùdadh a' Bhùird mothachail air an fhiosrachadh sin.

### **RIAGHLADH CORPORA**

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air an h-ìrean as àirde ann an riaghladh corporra agus thathar a' cleachdadh an Stiùireadh air Còdan Cleachdadh airson Buidhnean Poblach aig Oifis a' Chaibineit. Tha Oifis Chorporra a' Bhùird aig Darach, Pàirc Ghnìomhachais Fèith nan Clach, Inbhir Nis, IV2 7PA.

## MODHAN STRÌ EADAR COM-PÀIRTEAN

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh modhan teann agus farsaing airson dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean. Tha clàr com-pàirtean, a' gabhail a-steach buill agus luchd-obrach a' Bhùird, air a chumail agus air ùrachadh uair sa bhliadhna air a' char as lugha. Faodaidh duine sam bith a tha ag iarraidh na clàran a sgrùdadh.

Aig coinneamhan a' Bhùird, feumar foillseachaidhean com-pàirt ainmeachadh aig toiseach na coinneimh. Ma tha com-pàirt aig ball den Bhòrd no ball den luchd-obrach ann an cùis sam bith, feumaidh iad an com-pàirt sin fhoillseachadh agus a' choinneamh fhàgail, agus às dèidh sin gun pàirt sam bith a ghabhail ann am beachdachadh sam bith mun chùis sin. Tha na foillseachaidhean sin air an clàradh ann an geàrr-chunntasan na coinneimh.

### BUILL A' BHÙIRD

Mata MacIomhair (Cathraiche)

Artair MacCarraig

Rob Dunbar

Micheal Foxley

Iain A MacAoidh

Alasdair MacLeòid

Faye NicLeòid

Anna NicSuain

Rosemary Nic a' Bhàird (a thug suas an dreuchd 16 Ògmhios 2006)

### Comataidh Sgrùdaidh

Faye NicLeòid

Anna NicSuain

Artair MacCarraig

### Fo-chomataidh Ionmhais, Poileasaidh agus Tuarastail

Iain A MacAoidh

Rob Dunbar

Micheal Foxley

### Fo-chomataidh Foghlaim

Rosemary Nic a' Bhàird (a thug suas an dreuchd 16 Ògmhios 2006)

Mata MacIomhair

Alasdair MacLeòid

## AN SGIоба STIÙIRIDH 2006-2007

Ailean Caimbeul

(Ceannard) (A leig dheth a dhreuchd 31 Màrt 2007)

Rosemary Nic a' Bhàird

(Stiùiriche Foghlaim) (Bho 31 Iuchair 2006)

Dòmhnall MacGilleMhoire

(Stiùiriche Leasachaidh)

Peadar Morgan

(Stiùiriche Dealbhadh Cànan)

Ailig Greumach

(Stiùiriche Ionmhais & Rianachd)

## COMATAIDHEAN A' BHÙIRD

Tha am Bòrd a' coinneachadh gu cunbhalach tron bhliadhna agus tha e air a dhèanamh suas de Chathraiche agus suas gu 11 ball eile. Tha buill a' Bhùird air an suidheachadh le Ministearan na h-Alba. 'S e an teirm dhreuchd àbhaisteach airson ball neo-oifigeil den Bhòrd tri bliadhna, ged a dh'fhaodar atharrachadh a bhith ann an ùine dhreuchdan gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd ann am ballrachd a' Bhùird. Bha an Cathraiche air a shuidheachadh airson ceithir bliadhna a' tighinn gu ceann sa Ghearran 2010.

Tha am Bòrd air poileasaidh aontachadh gum feum cunntas a thoirt mu chùisean don Bhòrd airson co-dhùnaidh mura bheil e gu sònraichte taobh a-staigh nan cumhachdan tiomnaichte a tha aig a' Cheannard.

Tha Comataidh Sgrùdaidh aig a' Bhòrd, a tha air a dhèanamh suas de thriùir bhall den Bhòrd, le Faye NicLeòid sa chathair. Tha e a' coinneachadh ceithir turais sa bhliadhna. Bidh na h-às-sgrùdaichean agus na h-in-sgrùdaichean an làthair aig a h-uile coinneamh. Tha cothrom air a thoirt do na h-às-sgrùdaichean agus na h-in-sgrùdaichean bruidhinn ann an diomhaireachd ri buill na Comataidh. 'S e rùn na Comataidh

Sgrùdaidh measadh agus sgrùdadh a dhèanamh air cunnart, smachd agus riaghladh corporra. Tha iad ag obrachadh air leth agus a' toirt cunntas don Bhòrd.

Tha Fo-chomataidh Ionmhais, Poileasaidh agus Tuarastail aig a' Bhòrd, a tha air a dhèanamh suas de thriùir de bhuill a' Bhùird agus 's e Iain A MacAoidh an Cathraiche. Bidh e a' coinneachadh a rèir mar a cho-dhùineas an Cathraiche aige agus tha coinneamhan air an suidheachadh gus an cur iad ri clàran-ama obrachaidh Bòrd na Gàidhlig. Thathar ag iarraidh air buill de luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a bhith an làthair aig coinneamhan ma bhithear a' beachdachadh air nithean a tha gu sònraichte iomchaidh. 'S e rùn na Comataidh comhairle a thoirt don Bhòrd air cùisean a bhuineas do ionmhas, poileasaidh, agus tuarastal luchd-obrach.

Tha Fo-chomataidh Foghlaim aig a' Bhòrd a tha air a dhèanamh suas de thriùir bhall den Bhòrd agus Cathraiche a' Bhùird agus tha Alasdair MacLeòid air a bhith sa Chathair bho 16 Ògmhios 2006 (roimhe sin Rosemary Nic a' Bhàird). Bidh e a' coinneachadh a rèir mar a cho-dhùineas an Cathraiche aige agus tha coinneamhan air an suidheachadh gus an cur iad ri obair Bòrd na Gàidhlig ann an raon foghlaim. Thathar ag iarraidh air buill de luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a bhith an làthair aig coinneamhan ma bhithear a' beachdachadh air nithean a tha gu sònraichte iomchaidh.





## AITHISG AIR TUARASTAL

'S e Iain A MacAoidh cathraiche na Fo-chomataidh Ionmhais, Poileasaidh agus Tuarastail. 'S iad Buill na comataidh Rob Dunbar agus Micheal Foxley.

Tha Fo-chomataidh Ionmhais, Poileasaidh agus Tuarastail ag aontachadh meudachadh ann an tuarastal a' Cheannaird a rèir Buidheann Sgrùdaidh Thuarastalan Àrd-luchd-stiùiridh. Tha e cuideachd a' suidheachadh pàigheadh coileanaidh a' Cheannaird agus an àrd-sgioba-stiùiridh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur ri chèile sgeama pàighidh co-cheangailte ri coileanadh, a thòisicheas ag obrachadh aon uair 's gum bi e air aontachadh leis an roinn sponsaireachd.

Cha robh no duaisean coileanaidh air an toirt seachad ann an 2006-07 oir tha na còmhraidhean a thaobh pàighidh airson na bliadhna gun an crìochnachadh fhathast.

	2007 Iomlan £000
<b>Tuarastal Buill a' Bhùird</b>	
Tuarastal/ Duaisean:	
Cathraiche	12
Buill eile	45
	<b>57</b>

<b>B' iad Buill a' Bhùird le buannachdan taobh a-staigh nan sgèileachan air an comharrachadh:</b>	2007 Àireamh Iomlan
£ 0 - £5,000	1
£ 5,001 - £10,000	7
£10,001 - £15,000	1
<b>Àireamh de bhuill rè na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2007</b>	<b>9</b>

Chan eil peinnean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird.

### Tuarastal a' Chathraiche agus a' Cheannaird

	Bann Tuarastail £000	Sochairean Bathair £000
<b>Cathraiche</b>		
M MacIomhair	10-15	0
<b>Ceannard</b>		
Ailean Caimbeul	60-65	3



Tha an Sochair Bathair a' riochdachadh taic Bòrd na Gàidhlig ri màl carbaid airson a' Cheannaird. Air a ghabhail a-steach anns an tuarastal shuas tha àrachas beatha aig cosgais bliadhna de £2,376 air a phàigheadh le Bòrd na Gàidhlig.

Leig an Ceannard dheth a dhreuchd air 31 Màrt 2007. Mar phàirt den phasgan cluaineis bha pàigheadh iomlan de £62,925 agus pàigheadh de £64,350 do Sgeama Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd an co-cheangal ri meudachadh air a pheinnsean nuair a leigeadh e dheth a dhreuchd air aontachadh eadar e fhèin agus Bòrd na Gàidhlig. Bha na suimean sin air an cur a thaobh aig 31 Màrt 2007 agus pàighte an dèidh deireadh na bliadhna.

Bha an Ceannard na bhall coitcheann de Sgeama Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd agus phàigh Bòrd na Gàidhlig cuibhreann peinnsein an fhastaiche aig an aon ìre 's a tha e a' pàigheadh do bhuill com-pàirteachaidh eile.

### **Còraichean peinnsein a' Cheannaird agus Buill a' Bhùird**

Tha FRem airson gum bi nochdadh fiosrachaidh mu luach peinnsein a' Cheannaird air iarraidh bho na comhairlichean airson àrachais buntainneach. Aig ceann-là soidhneadh nan cunntasan cha robh am fiosrachadh seo ri fhaotainn.

Chaidh eil còir aig Buill a' Bhùird air peinnsean.

Aontaichte leis a' Bhòrd air 4 Dàmhair 2007.

Às leth a' Bhùird



**Coinneach A Moireach**  
**Ceannard**  
**12 Dàmhair 2007**

### **AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFIGEIR CHUNNTACHAIL**

Fo Earrann 8 of Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aithrisean ionmhais a dheasachadh airson gach bliadhna ionmhais anns a' chruth agus air an stèidh a cho-dhùineas Ministearan na h-Alba. Tha na h-aithrisean ionmhais air an deasachadh air stèidh cosgaisean cruinnichte agus feumaidh iad sealladh fìor agus cothromach a thoirt air cor Bòrd na Gàidhlig aig deireadh na bliadhna ionmhais agus air an teachd-a-steach agus cosgais, làn bhuannachd agus call aithnichte agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais.

Ann an deasachadh nan aithrisean ionmhais, feumaidh Oifigear Cunntachail cumail ri riatanasan lùl Aithris Ionmhasail an Riaghaltais agus gu sònraichte:

- Aire a thoirt don stiùireadh air aithrisean ionmhais air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach nan riatanasan cunntasachd agus nochdadh fiosrachaidh iomchaidh, agus poileasaidhean cunntasachd freagarrach a chleachdadh gu cunbhalach;
- Breith agus measadh a dhèanamh air stèidh reusanta;
- Ainmeachadh a bheilear air ìrean cunntasachd iomchaidh a leantainn mar a tha air a mhìneachadh ann an lùl Aithris Ionmhasail an Riaghaltais, agus seachnadh brioghmhor sam bith a nochdadh agus a mhìneachadh anns na h-aithrisean ionmhais; agus
- Na h-aithrisean ionmhais a dheasachadh air stèidh gnothaich shoirbheachail.

Tha e an urra ris a' Bhòrd cuideachd ceuman reusanta a ghabhail gus maoin a' Bhùird a dhìon agus gus foill agus neo-riaghailteachd eile a chasg agus a lorg.

Dh'ainmich an t-Oifigear Cunntachail air Buidheann-stiùiridh na Roinn Eòrpa, Chùisean Taobh a-muigh agus a' Chultair aig Riaghaltas na h-Alba Ceannard Bòrd na Gàidhlig mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird.

Tha dleastanasan buntainneach a' Cheannaird mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird air am mìneachadh anns a' Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Tha an t-Oifigear Cunntachail an urra ri freagarrachd agus riaghailteachd a' mhaoin phoblaich airson a bheil iad cunntachail, airson clàran ceart a chumail agus airson maoin a' Bhùird a dhìon.



**Coinneach A Moireach**  
**Ceannard**  
**12 Dàmhair 2007**



## AITHRIS AIR IN-SMACHD

### *Raon Dleastanaís*

Mar Oifigear Cunntachail, tha e mar dhleastanas orm siostam fallain in-smachd a ghleidheadh a tha a' toirt taic do choileanadh poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a' bhuidhinn, a tha stèidhichte le Ministearan na h-Alba, aig an aon àm maoin agus stòras a' phobail a dhion mar uallach pearsanta, a rèir nan uallaichean a tha air an cur às mo leth.

'S e buidheann ùr a tha ann am Bòrd na Gàidhlig a thòisich ag obrachadh air 3 Giblean 2006, agus a ghabh os làimh dleastanasan eile a bharrachd air an fheadhainn a bha aig a' bhuidhinn a bha ann roimhe. Leig an Ceannard a bha ann roimhe dheth a dhreuchd air 31 Màrt 2007, agus às dèidh sin bha Ceannard an gnìomh san dreuchd gus an do thòisich mise nam dhreuchd air 1 Sultain 2007.

Tha Leabhar-làimhe Ionmhais Phoblaich an Alba (SPFM) air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean iomchaidh eile mu làimhseachadh dòigheil air maoin poblach. Tha e gu mòr air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cumar ri riatanasan reachd agus Pàrlamaid, gus luach airson airgid agus irean àrda de fhreagarrachd adhartachadh, agus gus cunntachalachd èifeachdach agus deagh shiostaman in-smachd a bhuannachd.

### *Rùn an t-siostam in-smachd*

Tha an siostam in-smachd air a dhealbh airson rian a chumail air a' chunnart gu ìre reusanta seach cur às do gach cunnart nach coileanar

poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe; mar sin chan urrainn dha toirt ach urras reusanta agus chan e làn-chinnt air èifeachdas.

Bha an siostam in-smachd a bha an sàs rè na bliadhna sa mhòr-chuid stèidhichte air siostam a' bhuidhinn a bha ann roimhe, agus bha e dealbhte gus na prìomh chunnartan a chomharrachadh a thaobh poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a' bhuidhinn a choileanadh; luachadh air dè cho buailteach 's a tha na cunnartan sin tachairt agus a' bhuidhinn a bhiodh aca nan tachradh iad; agus an riaghladh le comas, èifeachd agus caomhantachd.

Tha an siostam in-smachd air a bhith an sàs airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2007, agus suas gu ceann-là aontachaidh na h-aithisg bhliadhnail, agus cunntasan agus a rèir stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba.

### *An siostam cunnairt agus smachd*

Feumaidh a h-uile buidheann a tha fo smachd iarrtasan SPFM ro-innleachd rianachd cunnairt obrachadh a rèir stiùireadh iomchaidh air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Chuir am Bòrd air dòigh Bùth-obrach Rianachd Cunnairt rè na bliadhna, gus cuideachadh a' leasachadh a mhodh rianachd cunnairt.

Tha am Bòrd a' cur roimhe leasachadh agus feabhas leantainneach tro shiostaman a chur air dòigh mu choinneimh sgrùdaidhean agus leasachaidhean iomchaidh sam bith ann an deagh chleachdadh san raon seo. Gu sònraichte, tha sinn an dùil togail air na toraidhean bhon bhùth-obrach air rianachd cunnairt gus:

- ro-innleachd cunnairt agus plana gnìomhachaidh a chur air chois;
- clàr cunnairt a chruthachadh;
- trèanadh mothachadh air cunnart a ghabhail os làimh;
- aithisgean fhaighinn bho Chathraiche Comataidh Sgrùdaidh a' bhuidhinn, don Bhòrd, mu thimcheall in-smachd;
- stèidheachadh prìomh chomharran coileanaidh agus cunnairt; agus
- siostaman a chur air dòigh a bhios a' filleadh a-steach rianachd cunnairt ann an tabhartasan maoineachaidh a' Bhùird agus sa phròiseas dealbhaidh corporra aige;

Tha an dreuchd in-sgrùdaidh na phàirt riatanach den t-siostam in-smachd. Cha robh an cùmhnant airson solarachadh seirbheis in-smachd airson na bliadhna ionmhais air a thoirt seachad gu Màrt 2007, nuair a bha Deloitte LLP, a bha nan in-sgrùdaichean don buidheann a bha ann roimhe, air an comharrachadh gu foirmeil mar in-sgrùdaichean. Rinn Deloitte obair stèidhichte air mion-sgrùdadh den chunnart don robh am Bòrd fosgailte. Chaidh aithisgean ullachadh air Smachdan Ionmhasail a' Bhùird agus air na Tabhartasan agus tha iad sin a' gabhail a-steach barail mu iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostam in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachadh.



### **Sgrùdadh air èifeachdas**

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha e mar dhleastanas orm sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas an t-siostam in-smachd. Tha mo sgrùdadh air èifeachdas an t-siostam in-smachd air fhiosrachadh le:

- na Stiùirichean taobh a-staigh a' bhuidhinn, air a bheil uallach airson leasachadh agus gleidheadh an t-siostam in smachd;
- obair nan in-sgrùdaichean, a tha a' cur a-steach aithrisean gu cunbhalach gu Comataidh Sgrùdaidh a' Bhùird. Tha seo a' gabhail a-steach am barail neo-eisimeileach agus cothromach air iomchaidheachd agus èifeachdas shiostaman in-smachd a' Bhùird agus cuideachd molaidhean leasachaidh; agus
- iomraidhean bho na h-às sgrùdaichean nan litrichean stiùiridh agus aithisgean eile.

Tha sgrùdaidhean a rinneadh o chionn ghoirid air roinnean airson leasachaidh a chomharrachadh anns an àrainneachd in-smachd a dh'fheumas:

- sgrùdadh air na poileasaidhean agus modhan airson gnàth riaghailtean agus òrdughan ionmhasail aig an àm seo, a' gabhail a-steach sgeamaichean tiomnadh ùghdarras agus roinn dhleastanasan taobh a-staigh a' Bhùird, gus dèanamh cinnteach gun seall iad structair agus obrachadh a' Bhùird;
- foirmeileachadh poileasaidh agus modhan airson foill agus coirbeachd;
- foirmeileachadh modhan solair; agus
- ullachadh cunbhalach a leasachadh airson sgrùdadh coileanaidh air tabhartasan maoineachaidh.

Tha plana gnìomh ga chur ri chèile gus dèiligeadh ri na cùisean sin rè na bliadhna ionmhais ùir. Nì am Bòrd sgrùdadh air an t-siostam in-smachd cuideachd gus dèanamh cinnteach gun cùm seo a' toirt barrantas mu a dleastanasan a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.



**Coinneach A Moireach**  
**Ceannard**  
**12 Dàmhair 2007**



## **AITHISG AN LUCHD-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILEACH GU BUILL BÒRD NA Gàidhlig, ÀRD NEACH- SGRÙDAIDH NA H-ALBA AGUS PÀRLAMAID NA H-ALBA**

Tha mi air aithrisean ionmhais Bòrd na Gàidhlig airson na bliadhna gu 31 Màrt 2007 a sgrùdadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha iad sin a' gabhail a-steach an Aithris Teachd-a-steach agus Cosgais, an Cothromachadh, an Aithris Sruth Airgid agus Aithris air Làn Bhuannachd is Call Aithnichte agus na notaichean co-cheangailte riutha. Dh'ullaicheadh na cunntasan ionmhasail seo fo na poileasaidhean cunntasachd a tha suidhichte an sin.

Tha an aithisg seo air a dèanamh a-mhàin do na buidhnean ris a bheil i a' dèiligeadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus gun adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 123 den Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil mi a' gabhail orm dleasanais do bhuill no oifigearan, nan dreuchdan fa leth, no do threas pàrtaidhean.

### **Dleastanasan fa leth a' Bhùird, a' Cheannaird agus an neach-sgrùdaidh**

Tha dleastanasan air a' Bhòrd agus air a' Cheannaird an aithisg bhliadhnail agus aithrisean ionmhais a dheasachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba. Tha an Ceannard cuideachd an urra ri dèanamh cinnteach à riaghailteachd cosgais agus teachd-a-steach. Tha na dleastanasan sin air am mìneachadh anns an Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail.

'S e mo dhleastanas na h-aithrisean ionmhais a sgrùdadh a rèir riatanais iomchaidh laghail agus riaghailteach agus Ìrean Eadar-nàiseanta Sgrùdaidh

(An Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn) mar a tha air iarraidh leis a' Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

Tha mi ag aithris dhuibh mo bheachd co-dhiù tha na h-aithrisean ionmhais a' toirt sealladh fìor agus cothromach agus co-dhiù tha na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh air an deasachadh ceart a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh air a dhèanamh a rèir na h-Achd le Ministearan na h-Alba. Tha mi cuideachd ag aithris dhuibh co-dhiù an robh a' chosgais agus teachd-a-steach nochdte anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte anns a h-uile dòigh sheaghail a rèir òrdughachd agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Tha mi cuideachd ag aithris dhuibh mura bheil, nam bheachd-sa, Aithisg Buill a' Bhùird a rèir nan aithrisean ionmhais, mura bheil am buidheann air aithrisean cunntasachd ceart a chumail, mura bheil mi air làn fhiosrachadh agus mìneachadh riatanach fhaighinn airson mo sgrùdaidh, no mura bheil fiosrachadh sònraichte air a nochdadh le ùghdarrasan iomchaidh a thaobh tuarastail agus ghnòthaichean eile.

Tha mi a' sgrùdadh co-dhiù tha an Aithris air In-smachd a' comharrachadh co-aontachadh a' bhuidhinn ris an stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha mi ag innse mura bheil, nam bheachd-sa, an aithris a' co-aontachadh ris an stiùireadh no ma tha i meallta no an aghaidh fiosrachadh eile is aithne dhomh bhon sgrùdadh a rinn mi air na h-aithrisean ionmhais. Chan eil e riatanach dhomh beachdachadh air, agus cha do bheachdaich mi air, co-dhiù a bheil an aithris a' còmhdach gach cunnart agus smachd. Chan eil e riatanach dhomh a bharrachd

barail a thoirt air èifeachdas modhan riaghladh corporra a' bhuidhinn no a mhodhan cunnairt agus smachd.

Tha mi a' leughadh an fhiosrachaidh eile anns na h-aithrisean bliadhnail agus a' beachdachadh co-dhiù a bheil e a' co-aontachadh ri na h-aithrisean ionmhais a chaidh an sgrùdadh. Tha am fiosrachadh eile seo a' gabhail a-steach a-mhàin Aithisg Buill a' Bhùird agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal nach deach a sgrùdadh. Tha mi a' toirt aire don bhuil air m' aithisg-sa ma dh'fhàsas mi mothachail air mì-aithris no neo-chunbhalachd susbainteach sam bith a bhuineas do na h-aithrisean ionmhais. Chan eil mo dhleastanasan-sa a' buntainn ri fiosrachadh sam bith eile.

### **Stèidh beachd an sgrùdaidh**

Rinn mi mo sgrùdadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus Ìrean Eadar-nàiseanta Sgrùdaidh (An Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn) a libhrigeadh le Bòrd Cleachdadh Sgrùdaidh mar a tha air iarraidh leis a' Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha sgrùdadh a' gabhail a-steach rannsachadh, air stèidh deuchainn, air fianais a' buntainn ri suimean, foillseachaidhean agus riaghailteachd cosgais agus teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach measadh air na tuairmsean seaghail agus beachdan a' Bhùird agus a' Cheannaird ann an deasachadh nan aithrisean ionmhais, agus co-dhiù tha na poileasaidhean cunntasachd freagarrach air suidheachadh a' bhuidhinn, air an cleachdadh gu seasmhach agus air am foillseachadh gu h-iomchaidh.

Dhealbh agus choilean mi mo sgrùdadh airson làn fhiosrachadh agus mìneachadh fhaighinn a mheas mi deatamach gus fianais riarachail a thoirt dhomh airson cinnt reusanta gu bheil na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh saor bho mhì-aithris shusbainteach, co-dhiù tha sin ag èirigh à foill no mearachd, agus an robh gach cosgais agus teachd-a-steach nochdte anns a h-uile dòigh sheaghail anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte a rèir òrdaghachd iomchaidh agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Ann an tighinn gu mo bheachd thomhais sinn cuideachd foghnadh iomlan taisbeanadh an fhiosrachaidh anns na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh.

## Beachd

### Aithrisean ionmhais

Nam bheachd-sa

- tha na h-aithrisean ionmhais a' toirt sealladh fìor agus cothromach, a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh air a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba, air cor Bòrd na Gàidhlig air 31 Màrt 2007 agus air a' chòrr os cionn teachd-a-steach, buannachd agus call aithnichte gu lèir agus sruthan airgid suas gu deireadh na bliadhna a chrìochnaich an sin; agus
- tha na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh air an deasachadh ceart a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh sam bith air a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba.

### Riaghailteachd

Nam bheachd-sa anns a h-uile dòigh sheaghail bha a' chosgais agus teachd-a-steach nochdte anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte a rèir òrdaghachd iomchaidh agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba.



Stephen O'Hagan CPFA  
Sgrùdadh Alba  
7th Floor  
Plaza Tower  
Cill Bhrìghde an Ear Ceann-là  
G74 1LW



## AITHRIS TEACHD-A-STEACH IS COSGAIS

Airson na Bliadhna gu 31 Màrt 2007

	Nota	2007 £
<b>Teachd-a-steach</b>		
Teachd-a-steach eile	3	15,622
		<b>15,622</b>
<b>Cosgais</b>		
Cosgaisean Buill agus Luchd-obrach a' Bhùird	4	549,109
Cosgais Obrachaidh	5	3,447,929
Cosgaisean Obrachaidh Eile	6	448,738
Cosgaisean Baralach	7	6,289
Ìsleachadh	8	31,914
		<b>4,483,979</b>
<b>Còrr Cosgais thar Teachd-a-steach air</b>		
Gnìomhan Obair	14	(4,468,357)
Riadh Banca air Fhaighinn		9,967
Toradh an Dùil bho Mhaoin an Fhastaike		19,000
Riadh air Dleastanasan Sgeama Peinnsein		(16,000)
<b>Còrr Cosgais thar Teachd-a-steach</b>		<b>(4,455,390)</b>

Bha na h-obraichean uile air am buannachd rè na bliadhna.

Tha an còrr cosgais thar teachd-a-steach a' riochdachadh cosgais obair maoinichte. Riaghaltas na h-Alba, leis an airgead airson na h-obrach seo a mhaoinichadh air a thoirt dìreach do Mhaoin Ghlèidhte teachd-a-steach & cosgais.

## AITHRIS AIR LÀN BHUANNACHD IS CALL AITHNICHTE

Airson na Bliadhna gu 31 Màrt 2007

	Nota	2007 £
Còrr Cosgais thar Teachd-a-steach airson na Bliadhna	13	(4,455,390)
Còrr/(Call) a thaobh comhairle àrachais sa phlana peinnsein		27,000
Tabhartas-taice		4,439,000
Buannachd Aithnichte Iomlan		10,610

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean air duilleagan 14 gu 26 a' dèanamh suas pàirt de na cunntasan seo.



**COTHROMACHADH**

Aig 31 Màrt 2007

	Nota	2007 £
<b>Maoin Stèidhichte</b>		
Maoin Stèidhichte	8	43,558
<b>Maoin Luath</b>		
Fiachairean	9	27,494
Airgead sa Bhanca is ri Làimh	10	283,921
		<b>311,415</b>
Creidearan: suimean ri phàigheadh taobh a-staigh bliadhna	11	173,295
<b>Maoin Luath /(Dleastanas) Gu Lèir</b>		138,120
		<b>138,120</b>
Maoin/(Dleastanas) Peinnsein		(2,000)
<b>Maoin Gu Lèir a' Gabhail a-steach Maoin/(Dleastanas) Peinnsein</b>		<b>179,678</b>
<b>Calpa &amp; Maoin Glèidhte</b>		
Maoin Glèidhte sa Chunntas Teachd-a-steach & Cosgais	13	181,678
Maoin Glèidhte Pheinnseanan	13	(2,000)
<b>Maoin Glèidhte Iomlan</b>		<b>179,678</b>

Bha na h-aithrisean ionmhasail seo aontachtaichte le Bòrd na Gàidhlig air 4 Dàmhair 2007.

Às leth Bòrd na Gàidhlig



**Coinneach A Moireach**

**Ceannard**

**12 Dàmhair 2007**

**Ùghdarraichte airson a chur a-mach: 12 Dàmhair 2007**

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean air duilleagan 14 gu 26 a' dèanamh suas pàirt de na cunntasan seo.





**AITHRIS SRUTH AIRGID**

Airson na Bliadhna gu 31 Màrt 2007

	Nota	2007 £
<b>Sruth Airgid A-mach/(A-steach) Gu Lèir bho Obraichean</b>	14	(4,315,023)
<b>Toradh bho Thasgadh</b>		
Riadh Banca Air Fhaighinn		9,967
<b>Obair Tasgaidh</b>		
Ceannach Maoin Stèidhichte		(13,517)
<b>Sruth Airgid A-steach (A-mach) ro Mhaoineachadh</b>		(4,318,573)
Tabhartas-taice		4,439,000
Maoineachadh bhon Bhuidheann Roimhe	15	163,494
<b>Meudachadh/(Ìsleachadh) air Airgead</b>		<b>283,921</b>
<b>Cothromachadh air Sruth Airgid Gu Lèir ri Glusad am Maoin Gu Lèir</b>		
Meudachadh/(Ìsleachadh) air Airgead airson na Bliadhna		283,921
Maoin Gu Lèir aig Toiseach na Bliadhna		0
<b>Maoin Gu Lèir aig Deireadh na Bliadhna</b>		<b>283,921</b>

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean air duilleagan 14 gu 26 a' dèanamh suas pàirt de na cunntasan seo.



## FIOSRACHADH MU NA H-AITHRISEAN Airson na Bliadhna gu 31 Màrt 2007

### 1. Poileasaidhean cunntasachd

Tha na h-aithrisean air an deasachadh a rèir an Iùl Chunntasan air a chur gu Bòrd na Gàidhlig le Ministearan na h-Alba. Fon Iùl Chunntasan seo feumar cumail ri Iùl Aithris Ionmhasail Roinn Ionmhais na Banrigh (FRem). Gun teòradh air an fhiosrachadh nochte, feumaidh na h-aithrisean na riatanasan cunntasachd agus foillseachaidh fo Achd nan Companaidhean 1985 a riarachadh agus na h-ìrean cunntasachd a libhrig no ris an do ghabh Bòrd na Ìrean Cunntasachd cho fad 's a tha na riatanasan seo freagarrach, air an cleachdadh gu cunbhalach.

Tha na poileasaidhean cunntasachd a chaidh an leantainn air am mìneachadh shìos.

#### Iùl Cunntasachd

Tha na cunntasan air an deasachadh fo Iùl nan tùs-chosgais.

#### Àm-cunntasachd

Thòisich an t-àm cunntasachd air 3 Giblean 2006 agus chrìochnaich e air 31 Màrt 2007.

#### Maoin Stèidhichte

(1) Tha luachadh air maoin stèidhichte air an aithneachadh anns na cunntasan mar a leanas:

Bha gach maoin stèidhichte ann an làn-chleachdadh air an luachadh aig tùs-chosgais, le atharrachadh a rèir beatha maoin air an sònrachadh airson luach islichte. Chan eil calpaichte ach maoin a tha a' cosg còrr air £250 agus tha suimean nas ìsle na an t-suim seo air an làimhseachadh mar chaiteachas teachd-a-steach.

#### (2) Ìsleachadh

Tha ìsleachadh air a thoirt air gach maoin stèidhichte aig loidhne dhìreach. Bha beatha maoin air e sgrùdadh rè na bliadhna a' dèanamh cinnteach gum bi iad fhathast a' riochdachadh tuairmse reusanta air beatha eaconamach fheumail:

Gnè Maoin	Beatha Maoin
Leasachadh Oifis	5
Uidheamachd Oifis	4
Àirneis Stèidhichte	4
Uidheamachd Coimpiutair	3

Tha maoin stèidhichte air ìsleachadh sa bhliadhna a gheibhear e ach chan eil sa bhliadhna a chosgar e.

#### Maoin Glèidhte

Tha maoin glèidhte Teachd-a-steach Cosgais a' riochdachadh còrr cosgais thar teachd-a-steach air obair maoinichte bho Thabhartas-taice. Tha luach mhaoin agus fhiachan bhon bhuidheann a bha ann roimhe air an gabhail a-steach ann am Maoin Glèidhte Teachd-a-steach & Cosgais.

#### Cis Luach-leasaichte

Tha VAT nach fhaighear air ais mar chosgais anns a' Chunntas Teachd-a-steach & Cosgais aig an àm a chaidh a chosg.

#### Gabhaltas

Tha màil obrachaidh air an cur ri cosgais ann an suimean co-ionann thar na teirm gabhaltais.

#### Tabhartas-taice bhon Riaghaltas

An dèidh Iùl aithris ionmhasail o chionn ghoirid tha Tabhartas-taice air fhaighinn airson obair choitcheann agus pròiseactan calpa nochte mar theachd-a-steach ionmhasachaidh agus air a chur ri maoin glèidhte teachd-a-steach agus cosgais.

#### Teachd-a-steach

Tha teachd-a-steach a' riochdachadh luach iomlan an teachd-a-steach a fhuair e.

#### Cosgais Peinnsein

Tha am Bòrd na phàirt de Sgeama Peinnseanachaidh an Riaghaltais Ionadail, a tha na sgeama sochair comharraichte. Tha cosgais an dùil solar pheinnsean luchd-obrach air an cunntasachd air mhodh rianail thar beatha an dùil nam ball sa mhaoin peinnsein a rèir Ìre Aithris Ionmhais 17 Sochairean Cluaineis, agus tha sochairean cluaineis air an cunntasachd mar a tha na sochairean air an cosnadh agus chan ann nuair a tha iad ri bhith pàighte. Tha an sgeama air a luachadh gach tritheamh bliadhna le comhairlichean airson àrachais agus tha am Bòrd a' buileachadh nan cuibhreann a tha air am moladh. Tha cosgais nan cuibhreann air an cunntasachd sna h-amannan cunntasachd dham buin iad.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' làn choinneachadh ri cosgais pheinnsean suas gu aois cluaineis gnàthach a thaobh luchd-obrach a' leigeil dhiubh an dreuchd tràth no gu saor-thoileach anns na bliadhnan làithreach agus roimhe. Thathar a' coinneachadh ri peinnsean rim pàigheadh an dèidh aois cluaineis gnàthach tron sgeama peinnsein.

#### Cosgais Baralach

Tha cosgais baralach anns a' Chunntas Teachd-a-steach & Cosgais mu choinneamh cosgais calpa maoinichte leis an Riaghaltas air a chleachdadh rè na bliadhna. Thathar a' tomhas a' chosgais aig 3.5% den mhaoin iomlan às aonais nam fiachan uile.



### **Ionnstramaidean Ionmhasail**

Tha a' chuid as motha de mhaoineachadh Bòrd na Gàidhlig a' tighinn à teachd-a-steach bho Riaghaltas na h-Alba. Mar sin chan eil e cho buailteach do chunnart call creideis. Tha ionnstramaidean ionmhasail Bòrd na Gàidhlig a' gabhail a-steach stòrasan airgid agus creideis. 'S ann am bancaichean àrd-ìnbheach a tha airgead taisgte sam bith agus chan eil e fosgailte do ìre rèidh cho àrd.

### **Gnothach Soirbheachail**

Bha na cunntasan air an deasachadh a' gabhail a-steach riathanasan ìre cunntasachd FRS 17 agus le luachadh a thaobh àrachais air buailteachd sgeama peinnein mar a tha air a mhìneachadh ann an nota 19 mu na h-aithrisean. Tha seo a' sealltainn fiachan a bhios rim pàigheadh ann am bliadhnachan ri thighinn a thaobh buailteachd peinnein mar thoradh air cleachdadh FRS17 le Bòrd na Gàidhlig. Tha Hymans Robertson, comhairliche airson àrachais na sgeama peinnein, air a' bhualteachd fo FRS 17 a thomhas. Gach tritheamh bliadhna bidh an comhairliche airson àrachais a' dèanamh sgrùdadh air stèidh maoinachaidh na sgeama peinnein, agus sgrùdaidhean bliadhnail ma bhios e iomchaidh. Rinneadh an luachadh foirmeil mu dheireadh aig 31 Màrt 2005

agus tha an ath luachadh foirmeil ri dhèanamh aig 31 Màrt 2008. Dheasaich an comhairliche airson àrachais a' chosgais peinnein ro-mheasta airson na bliadhna gu 31 Màrt 2007 leis a' bharrail gum biodh cosnaichean a' cumail a' cosnadh shochairan ùra a rèir nan riaghailtean làithreach agus gum bi an rolla-pàighidh a bhios airidh air peinnean seasmhach le cosnaichean ùra a' gabhail àite an fheadhainn a dh'fhàgas an dreuchdan.

Cho fad 's nach eil an easbhaidh peinnein a' tighinn à àiteachan eile sam bi am Bòrd a' faighinn teachd-a-steach chan fhaodar coinneachadh ris ach a-mhàin le tabhartasan no Tabhartas-taice ri thighinn bhon roinn sponsaireachd aige, Buidheann-stiùiridh na h-Eòrpa, Chùisean Taobh a-muigh agus Cultair aig Riaghaltas na h-Alba. Tha seo air sgàth nach fhaodar, fo na riaghailtean àbhaisteach a bhuineas do smachd pàrlamaid thar teachd-steach

